

# Ceanglaichean Brosnachail: Ro-innleachd Cultair Eadar- nàiseanta na h-Alba 2024-30

## **Clàr-innse Ro-ràdh bhon Mhinistear**

### **Facal-toisich**

- Neartan na h-Alba
- Dùblain
- Lèirsinn agus builean
- Luachan agus prionnsapalan

### **Frèam nam Builean**

#### **A' bhuaidh aig conaltradh cultarach eadar-nàiseanta**

- Ùr-ghnàthachadh, ionnsachadh agus leasachadh cultarach
- Leasachadh a' ghniomhachais
- Cliù agus luachan

#### **Feumalachdan taic**

- So-ghluasadachd
- Às-mhalairt agus iomlaid chultarach
- Àrd-Ùrlaran agus lònraighean
- Ceanglaichean leis an AE

#### **Ceistean farsaing agus co-theacsa**

- Cruinn-eòlas
- Buidh gnàth-shìde agus am feum gus cothromachadh carboin a choileanadh
- Ana-ceartasan eachdraidheil
- Co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail

#### **A' libhrigeadh Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta**

- Clàr-ama
- Toraidhean
- Com-pàirtichean libhrigidh
- Goireas

## **Ro-ràdh bhon Mhinistear**

Tha com-pàirteachadh eadar-nàiseanta ro-chudromach dhan roinn chultarail agus chruthachail againn. Bidh com-pàirteachadh agus co-nbrachadh thar chriochan a' cruthachadh chothroman ùra do phroifeiseantaich cruthachail, a' dèanamh cinnteach gum bi an roinn chultarach is chruthachail nas beothaile agus nas eadar-mheasgte, agus bidh e a' cuideachadh gus luchd-amais is margaidhean ùra a ruighinn. Bidh e cuideachd gar ceangal ri còmhraidhean cruinneil mu chuid de na phrìomh dhùblain nar linn.

Tha cultar agus cruthachalachd domhainn agus beartach na h-Alba air an aithneachadh air feadh an t-saoghal. Tha cliù eadar-nàiseanta aig obair sgrìobhadairean leithid Raibeart Burns, saoghal a' chiùil againn, agus ar fèisean, le an spiorad eadar-nàiseanta fhosgailte. Chaidh ar cruthachalachd aithneachadh le UNESCO anns na ceithir Cathair-bhailtean Cruthachail againn. Chithear an àrainneachd eachdraidheil air leth againn tro na sia Làraichean Dualchas na Cruinne againn. Tha na tha cultar na h-Alba a' cur ri cultar na cruinne a' cur na roinn cultaraich is cruthachail againn ann an suidheachadh làidir gus an conaltradh eadar-nàiseanta a neartachadh.

Is e seo a' chiad turas a tha Riaghaltas na h-Alba air ro-innleachd fharsaing fhoillseachadh, le fòcas air a bhith a' leasachadh agus a' neartachadh conaltradh cultarach eadar-nàiseanta. Tha i a' cur air adhart lèirsinn gus làthaireachd eadar-nàiseanta na roinne a neartachadh agus tha i a' beachdachadh air a' phàirt a dh'haodadh a bhith aig Riaghaltas na h-Alba agus ar com-pàirtichean ann an sin.

Tha e nas cudromaiche na bha e a-riamh gum bi sinn gnìomhach. Tha mar a dh'fhàg Breatainn an AE agus deireadh saorsa gluasaid air comas na roinne a bhith ag obair thar chriochan a lagachadh. Chaidh seo a dhèanamh nas bu mhiosa le buaidhean COVID-19 agus leis na cuideaman air cosgaisean aig an àm seo. Le bhith a' toirt taic dhan roinn gus conaltradh eadar-nàiseanta ath-bheothachadh is urrainn seo a bhith na phrìomh phàirt de bhith a' stiùireadh a h-ath-shlànachadh.

Cuidichidh na gnìomhan a tha air am mìneachadh an seo sinn cuideachd gus a dhol an sàs ann an deasbadan eadar-nàiseanta nas fharsainge agus pàirt gnìomhach a bhith againn ann a bhith a' cur aghaidh air dùblain chruinneil. Is urrainn cultar cuideachadh gus seallaidhean agus beachdan ùra a chur mu choinneamh nan ceistean as mothà a tha romhainn mar chomann-sòisealta: mar eisimpleir, àite ar dùthcha ann an ìmpireachd agus tràilleachd: agus a bhith a' cur aghaidh air atharrachadh na gnàth-shìde. Cuidichidh an obair a tha air a mìneachadh an seo sinn gus aghaidh a chur air na cùisean ro-chudromach sin.

Lìbhrigidh sinn amasan na ro-innleachd seo le bhith ag obair gu dlùth leis an roinn, a' tarraig air an eòlas aice agus a' tuigsinn a feumalachdan. Nì sinn cinnteach cuideachd gu bheil com-pàirteachadh eadar-nàiseanta fosgailte do na h-uimhir de bhuidhnean agus luchd-cleachdaidh 's a ghabhas, gus an urrainn do bharrachd dhaoine na deagh bhuaidhean a cho-roinn.

Le bhith a' dol a' conaltradh agus a' co-nbrachadh thar chriochan cruthaichidh sinn roinn chultarach is chruthachail a tha beothail, ùr-ghnàthach agus làidir. Bidh

leasachadh cheanglaichean cultarach eadar-nàiseanta na bhuannachd do ar coimhearsnachdan, agus cuidichidh e sinn gus saoghal nas cothromaithe a thogail. Tha an ro-innleachd seo a' mìneachadh ar lèirsinn airson seo. Tha mi a' dèanamh fiughair ri còmhradh farsaing mu na cothroman a thig an lùib seo.

### **Aonghas Robasdhan BPA**

Rùnaire a' Chaibineit airson a' Bhun-reachd, Cùisean an Taobh a-muigh agus Cultar

## **Ro-ràdh**

Tha an roinn chultarail agus chruthachail, buidhnean agus luchd-cleachdaidh fa leth eadar-nàiseanta nan nàdar. Tha iomlaid, co-nbrachadh agus conaltradh aig cridhe obrachadh, fàs agus ùr-ghnàthachadh na roinne. Bidh freagairtean cruthachail a thaobh beachdan, dearbh-aithne agus dùblain shòisealta a' tarraing air eòlasan uile-choitcheann – chan eil iad cuingealaichte ri criochan nàiseanta. Tha conaltradh le cultaran, beachdan agus dòighean-obrach eile bunaiteach dhan roinn, ga cuideachadh gus leantainn air adhart a bhith a' leasachadh gach cuid na cleachdaidhean agus na modalan gnìomhachais aice.

Is urrainn gnìomhachd eadar-nàiseanta cuideachd a bhith na tobar teachd-a-steach cudromach, a' cumail taic ri slàinte ionmhais agus seasmhachd na roinne. Tha i a' leigeil le buidhnean an cuid obrach a thoirt gu luchd-amais nas fharsainge agus margaidhean ùra a ruigsinn, a' meudachadh na farsaingeachd de shruthan teachd a-steach às an urrainn dhaibh tarraing. Do chuid, is e an teachd a-steach a bharrachd a thig bho ghniomhachd eadar-nàiseanta a tha a' fàgail gun dèan iad airgead gu leòr gus am bi e comasach dhaibh a bhith ag obair san roinn. Tha seo gu sònraichte cudromach san àrainneachd làithreach leis gu bheil grunn dhùbhlain mhòra air buaidh a thoirt air an roinn gu h-ionmhasail agus a tha aig an aon àm a' lùghdachadh nan dòighean gus teachd a-steach a dhèanamh, a' gabail a-steach gnìomhachd eadar-nàiseanta.

Tha mar a bhios cleachdaichean agus buidhnean cruthachail bho air feadh an t-saoghal a' toirt an cuid obrach a dh'Alba a' beartachadh ar saoghal cultarail an seo le bhith a' toirt cultaran agus beachdan ùra dhuinn. Tha stòrasan cultarail na h-Alba a tha ainmeil air feadh an t-saoghal, leithid ar fèisean, ar dualchas, agus ar n-àrainneachd eachdraidheil a' toirt an t-saoghal gu Alba agus a' toirt seachad chothroman gus cleachdaichean Albannach agus an cuid obrach a thaisbeanadh do an co-leithid, luchd-amais agus luchd-gnìomhachais eadar-nàiseanta.

Tha an Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta seo a' mineachadh na roinn cultaraich agus cruthachail mar na daoine no na buidhnean sin a tha a' faighinn teachd a-steach bho obair co-cheangailte ri cultar, gnìomhan cruthachail, dualchas no na h-ealainean. Tha e a' coimhead air an lorg-coise eadar-nàiseanta làidir aig roinn chultarach is chruthachail na h-Alba agus air an luach a th' aig obair eadar-nàiseanta dhan roinn, agus an uair sin a' mìneachadh mar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba agus an roinn phoblaich san fharsaingeachd taic a chumail ri leasachadh. Ged a tha taic air a bhith ann airson taobhan de ghniomhachd mar seo, is e seo a' chiad turas a tha Riaghaltas na h-Alba air fòcas ro-innleachdail a chur air gnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta. Tha an ro-innleachd a' toirt sealladh air an roinn gu lèir agus tha i a' mìneachadh feallsanachd poileasaidh airson taic a thoirt do dh'àrd-amasan eadar-nàiseanta na roinne. Aig a' cheann thall, tha e ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh eadar-nàiseanta a' cur nas urrainn dha ri leasachadh fad-ùine na roinne a thaobh cultar agus eaconamaidh.

## **Neartan na h-Alba**

Tha ceangal eadar-nàiseanta aig roinn chultarail is chruthachail na h-Alba agus tha clù aice airson a cruthachalachd agus a sàr-mhathais ach tha i cuideachd aithnichte

airson a dòighean-obrach agus a modailean gnìomhachais. Tha aithisg dà-phàirt a chaidh a bharantachadh le Alba Chruthachail agus Comhairle Bhreatainn Alba ann an 2022, To See Ourselves and As Others See Us,<sup>1</sup> a' toirt seachad sealladh farsaing air stòrasan cultarail na h-Alba, na cothroman agus na dùblain dhan roinn mar a chithear bhon t-sealladh aice fhèin e, cho math ri sealladh cruinneil air a feartan agus neartan sònraichte. Tha an obair seo a' sealltann nach e dìreach na gniomhan, cuirmean, fèisean, bun-structair, agus cleachdaichean ann an Alba a tha anns na stòrasan seo, ach cuideachd na dòighean-obrach agus na modalan gnìomhachais a tha a' fàgail gu bheil Alba sònraichte Tha cliù aig an roinn airson dòighean-obrach sònraichte a tha a' fàgail gu bheil buidhnean gu sònraichte deònach a bhith ag obair le an co-leithid Albannach. Thathar ag aithneachadh gu bheil cliù airson firinneaseachd, dòigh-obrach dheimocratach on bhonn suas nan neartan sònraichte a chumas taic ri dàimhean eadar-nàiseanta a tha buannachdail do gach pàrtaidh.

Tha iomadachd cultarach is cànanach na h-Alba cudromach a thaobh mar a thathar a' faicinn Alba gu h-eadar-nàiseanta<sup>2</sup> agus tha seo air a chleachdad gu mòr ann an obair margaidheachd co-obrachail aig Com-pàirteachas Brànn Alba. Tha e a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil firinneaseachd ann an obair roinn chultarail is chruthachail na h-Alba le a spionnad agus dòigh-obrach chothromach agus bhon bhonn gu h-àrd. Tha Gàidhlig agus Scots agus cultar na Gàidhlig is na Scots aig cridhe seo mar phàirt de eòlas beatha dhaoine. Bidh iad cuideachd a' toirt taic do cheanglaichean le coimhearsnachdan diaspora ann an dùthchannan eile, cho math ri dùthchannan Ceilteach eile, agus a' toirt seachad chothroman airson conaltradh eadar-nàiseanta a-muigh agus a-staigh.

Tha<sup>3</sup> cliù eadar-nàiseanta airson sàr-mhathas cultarach aig na còig Companaidhean Cleasachd Nàiseanta Albannach. Bidh iad a' faighinn taic bho Riaghaltas na h-Alba airson a bhith a' dol air chuairt gu h-eadar-nàiseanta, a' taisbeanadh cultar na h-Alba air àrd-ùrlar cruinneil.

Tha ar taighean-tasgaidh agus gailearaidhean, a' gabhail a-steach ar Cruinneachaidhean Nàiseanta<sup>4</sup>, ceangailte gu cruinneil agus tha àite cudromach aca ann a bhith gar cuideachadh gus àite na h-Alba san t-saoghal a thuigsinn. Tha priomh ròl aig cruinneachaidhean Albannach ann a bhith a' dèiligeadh ri ana-ceartasan eachdraidheil agus a' sealltann mar a ghabhas ceumannan a ghabhail gus na buaidhean leantainneach aca a chur ceart.

Bidh fèisean measgaichte na h-Alba a' tachairt fad na bliadhna air feadh na dùthcha agus tha iad nam priomh stòrasan cultarach. Tha cliù eadar-nàiseanta aig Dùn Èideann airson prògram bliadhnailean nam Fèisean a bhios am baile a' cumail fad na bliadhna. Bidh na fèisean sin uile a' cuideachadh gus tàlantan cruthachail agus ùr-ghnàthachadh na h-Alba a thaisbeanadh, a' toirt an t-saoghail gu Alba agus a' cur ri ar saoghal cultar dachaigheil. Bidh fèisean a' ceangal roinn chruthachail na h-Alba ri

<sup>1</sup> British Council (2022) [Arts and Cultural Assets Research Report](#)

<sup>2</sup> ibid

<sup>3</sup> [Tèatar Nàiseanta na h-Alba](#) , [Orchestra Nàiseanta Rìoghail na h-Alba](#) , [Ballet na h-Alba](#) , [Orchestra Seòmar na h-Alba](#) agus [Opara na h-Alba](#) .

<sup>4</sup> [Leabharlann Nàiseanta na h-Alba](#); [Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba](#); [Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba](#); [Clàran Nàiseanta na h-Alba](#).

co-leithid eadar-nàiseanta agus riochdairean a dh'fhaodadh obrachadh leinn, as urrainn cothroman fosgladh cuideachd gus cùrsaichean-obrach eadar-nàiseanta a thogail.

Tha an àrainneachd eachdraidheil na làrach den àm a dh'halbh sa chruth-tìre againn. Bidh e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh caractar sònraichte ar dùthcha agus a bailtean, cathair-bhailtean, bailtean-beaga agus sgìrean dùthchail. Tha e gar ceangal ris na daoine a bha a' fuireach an seo romhainn, agus ag innse dhuinn mu na beachdan, mun dearbh-aithne agus mu na miannan aca. Tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba ainmeil air feadh an t-saoghail, a' tàladh luchd-turais bho air feadh an t-saoghail. Chruthaich e £4.4 billean do dh'eaconamaidh na h-Alba ann an 2019 agus thug e taic do 68,000 obair co-ionann ri làn-ùine gu sònraichte ann an roinnean dualchais, turasachd agus togail. Bha an àireamh de luchd-turais a thadail air cinn-ùidhe dualchais nas àirde na 18 millean ann an 2019, leis an dàrna leth de luchd-tadail eadar-nàiseanta ag aithris gur e dualchas am priomh adhbhar aca airson tadhal air Alba.

Tha roinn sgrìn na h-Alba air fàs gu mòr anns na beagan bliadhnaidh mu dheireadh, air a stiùireadh le oidhirpean ar buidheann sgrìn shònraichte, Sgrìn Alba, a dh'fhoillsich an [ro-innleachd aca fhèin](#) sa Mhàrt 2024. Bidh gnìomhachas an sgrìn a' togail nam milleanan de notaichean do dh'eaconamaidh na h-Alba, a' cruthachadh nam miltean de dh'obraighean agus a' toirt taic do dhreuchdan air feadh na roinne agus nan gnìomhachasan taice. B' e an làn luach a bharrachd aige ann an 2021 £627.1 millean agus thug e taic do 10,940 obair co-ionann ri làn-ùine.<sup>5</sup> Cumaidh Sgrìn Alba air a' cumail taic ri fàs is leasachadh na roinne, an dà chuid a thaobh a bhith a' tàladh tasgadh a-staigh bho riochdachaidhean eadar-nàiseanta agus tro bhith a' cuideachadh nan riochdachaidhean Albannach gus àrd-ùrlar cruinneil fhaighinn. Meudaichidh seo na buaidhean cultarail is eaonamach agus bheir e air adhart buannachdan nas fharsainge leithid turasachd sgrìn.<sup>6</sup> Tha VisitScotland air a bhith ag obair fad grunn bhliadhnaichean gus gnìomhachd turasachd sgrìn a leasachadh agus ag obair gu dlùth le com-pàirtichean agus buidhnean gnìomhachais gus iomairtean margaidheachd co-cheangailte ri sgrìn a libhrigeadh.

## Dùbhlain

Anns na beagan bhliadhnaidh mu dheireadh tha grunn dùbhlain a tha air èirigh aig an aon àm air droch bhuaidh a thoirt air, agus air lùghdachadh a thoirt air, comas bhuidhnean cultarach a bhith a' com-pàirteachadh gu h-eadar-nàiseanta. Tha seo air buaidh a thoirt an dà chuid air a' chomas aca ceanglaichean cultarail ùra a dhèanamh agus gus teachd a-steach a dhèanamh. Thug galar lèir-sgaoilte COVID-19 barrachd buaidh air an roinn seo na thug e air a' mhòr-chuid de roinnean eile, a' lùghdachadh gnìomhachd aig an taigh agus thall thairis.<sup>7</sup> Tha èirigh ann an cosgaisean bith-beò air cosgaisean a bharrachd a chur ris a' mhòr-chuid de dh'obair aig àm nuair a tha taic bhon roinn phoblaich air a bhith fo chuideam. A dh'aindeoin nan dùbhlain sin, tha fios againn gu bheil an roinn gu mòr airson dòighean-obrach nas cothromaiche a chur an sàs, rùn a tha aig Riaghaltas na h-Alba cuideachadh.

<sup>5</sup> Saffery Champness (às leth Sgrìn Alba) [The Economic Value of the Screen Sector in Scotland in 2021](#)

<sup>6</sup> ibid.

<sup>7</sup> Alba Chruthachail (2021) [COVID-19 Scottish Creative Sectors Survey](#)

Faodaidh cosgaisean a bharrachd a bhith ann mar thoradh air prionnsapalan obair chothromach, a' gabhail a-steach a bhith a' pàigheadh cleachdaichean gu cothromach airson na h-obrach a nì iad, faodaidh sin cosgais a bharrachd a thoirt a-steach do ghnìomhachasan cruthachail, ach san fhad-ùine cumaidh seo taic ri seasmhachd na roinne tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil obair san roinn seasmhach.

Tha na cùisean sin air cur ris na dùblain fhad-ùine a dh'adhbhraich Brexit<sup>8</sup>. Tha an AE air aon de na margaidhean às-mhalairt eadar-nàiseanta as cudromaiche san roinn chultarail is chruthachail<sup>9</sup> agus tha Brexit air cnapan-starra a thogail a thaobh ruigsinneachd. Tha riaghailtean bhòsa is cusbainn air cosgaisean a bharrachd adhbharachadh agus air cur ris an uallach rianachd airson a bhith a' toirt obair dhan AE. Tha e cuideachd air a dhèanamh nas duilge dhan roinn cothrom fhaighinn air sgilean speisealach sònraichte. Chan fhaigh buidhnean Albannach cothrom air prògraman an AE leithid [Eòrpa Chruthachail](#) no [Erasmus+](#) tuilleadh. Tha fòcas làidir aig Eòrpa Chruthachail, prìomh phrògram an AE a tha a' toirt taic dhan roinn chultarail is chruthachail, air co-obrachadh cultarach eadar-nàiseanta agus tha call a spionnad leasachaидh air droch bhuaidh a thoirt.'

Feumaidh an roinn cuideachd atharrachadh gus taic a thoirt do ghnìomhachd còmhla an aghaidh atharrachadh na gnàth-thìde. Tha targaid aig Alba cothromachadh carbon a bhith aice a thaobh ghasaichean taigh-glainne ro 2045. Tha easbhaidh shoilleir an seo leis gu bheil siubhal eadar-nàiseanta, an dà chuid bho agus gu Alba, do-sheachanta ma tha sinn airson ceanglaichean cultarail brìoghmhor a chumail suas agus failte a chur air proifeiseantaich chruthachail a tha a' tighinn a dh'obair ann an Alba. Ged a tha mòran de bhuidhnean cultarach air cur ris a' chomas aca a bhith a' taisbeanadh an cuid obrach gu didseatach agus air an luchd-èisteachd aca a leudachadh, gu ire mar thoradh air na dh'fhiorsaich iad tron ghalar lèir-sgaoilte, chan e fuasgladh a tha seo airson mòran gniomhachd, gu sònraichte airson cleasachd/ceòl beò no airson conaltradh pearsanta, a tha cho cudromach.

"Rè a' ghalair lèir-sgaoilte, mheudaich mòran bhuidhnean Gàidhlig an làthaireachd air-loidhne gu mòr, a' gabhail a-steach cuirmean is colabhairtean. Thug seo barrachd ruigsinneachd do mhòran dhaoine – gu sònraichte luchd-amais eadar-nàiseanta." Freagairt co-chomhairle air an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta (Bòrd na Gàidhlig).

Feumaidh sinn dòighean a lorg gus cothromachadh fhaighinn eadar buaidh àrainneachdail agus an luach a gheibhear bho chonaltradh eadar-nàiseanta, agus sinn a' toirt taic do dh'eadar-ghluasad na roinne san fhad-ùine gu cothromachadh-carboin.

---

<sup>8</sup> UK in a Changing Europe (2021) [Brexit: Impacts on the arts and culture](#)

<sup>9</sup> Arts Council England (2016) [The arts and culture sector and exit from the European Union](#)

## Lèirsinn agus builean

**Is e ar lèirsinn a gum bi roinn cultair is cruthachail na h-Alba ceangailte gu cruinneil ris na dòighean agus na cothroman gus na h-àrd-amasan agus an comas eadar-nàiseanta aice a choileanadh, agus gun cuir i ri leas cultarail, sòisealta, eaonamach agus àrainneachdail na h-Alba tron obair eadar-nàiseanta aice.**

Mar bhunait dhan lèirsinn agus do na h-amasan ro-innleachdail againn, bidh sinn ag obair a dh'ionnsaigh nam builean a leanas:

- Roinn cultair agus cruthachail ùr-ghnàthach, nas seasmhaiche agus nas treasa gu h-eaconamach.
- Roinn cultair agus cruthachail eadar-nàiseanta ceangailte agus eadar-mheasgte a tha a' cur ri leas dhaoine agus choimhearsnachdan.
- Cliù eadar-nàiseanta nas mothà airson cultar agus cruthachalachd, a' gabhair a-steach freagairt na h-Alba do dhùbhlain cruinneil.

Tha an dòigh-obrach againn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh eadar-nàiseanta na phriomh eileamaid de dh'ath-shlànnachadh roinneil bho na dùbhlain bho chionn ghoirid agus a' cumail taic ri leasachadh is ath-leumachd san fhad-ùine. Tha e ag amas gu daingeann air leasachadh roinneil agus air cho cudromach 's a tha conaltradh eadar-nàiseanta do na dòighean sa bheil an roinn ag obair, an dà chuid a thaobh leas gniomhachais agus ann an conaltradh cultarach agus iomlaid bheachdan a tha bunaiteach ann an ùr-ghnàthachadh cultarach.

Is e dòigh-obrach a tha seo a chaidh fhiosrachadh le conaltradh nach beag le luchd-ùidh, a' gabhair a-steach tro chòmhraidhean bùird-cruinn, a thug cumadh air prionnsapalan tràth na dòigh-obrach, agus suirbhidh co-chomhairleachaidh a fhreagair faisg air 80 buidheann agus daoine fa leth ann an grunn diofar shuidheachaidhean.<sup>10</sup>

Mu dheireadh, thathar an dùil gun gabh an ro-innleachd seo a sgèileadh suas. Bidh am buileachadh air a stiùireadh leis a' mhaoineachadh a bheir Riaghaltas na h-Alba do roinn a' chultair tro phròiseasan a' bhuidseit aca. Seasaidh prionnsabalan na dòigh-obrach seo ge b' e dè a thachras a thaobh atharrachadh bun-reachdail san àm ri teachd, ach tha e soilleir gum fosgladh na cumhachdan aig Alba neo-eisimeileach slighean ùra gus taic a thoirt do ghnìomhachd cultarach eadar-nàiseanta. Bhiodh sin a' gabhair a-steach na làthaireachd eadar-nàiseanta foirmeil a bhiodh againn agus ballrachd san AE agus institiùdan eadar-nàiseanta eile leithid UNESCO. Chaidh seo a mhìneachadh gu mionaideach ann an [A' togail Alba Ùr: Cultar ann an Alba Neo-eisimeileach](#), a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2024.

---

<sup>10</sup>Riaghaltas na h-Alba (2023) [Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta: Anailis air a' Cho-chomhairle](#)

## Sgrùdadh cùise – an dòigh-obrach aig dùthaich eile: Québec

B' i Québec a' chiad dùthaich ann an Ameireaga a Tuath a stèidhich Ministrealachd Cultair sònraichte ann an 1961, a' daingneachadh cho cudromach 's a tha cultar do Québec agus a dearbh-aithne. Tha na h-eadar-theachdan a chaidh a dhèanamh thar nan deicheadan air roinn chultarach agus chruthachail a tha tionnsgalach agus soirbheachail. Tha adhartachadh, faicsinneachd, agus sgaoileadh obraighean agus riochdachaidhean Québec deatamach airson spionnadh ealanta.

Tha lorg-coise cultarach Québec cruinneil agus tha cothrom air margaidhean cèin air barrachd chothroman a thoirt do luchd-ealain agus sgrìobhadairean an cuid obrach a chruthachadh, a thoirt gu buil agus a sgaoileadh, agus le bhith a' dèanamh seo chaidh àrdachadh a thoirt air an àireimh de dh'obraichean a tha rim faighinn taobh a-staigh na roinne ann an Québec.

Tha fòcas poileasaidh cultair eadar-nàiseanta Québec ag amas air brosnachadh cultarail, air cànan agus air cleachdaidhean. Tha e a' gabhail a-steach dòighean-obrach co-obrachail le riaghaltasan eile, agus a' gabhail a-steach iomlaidean cultarach le sgìrean, dùthchannan agus roinnean eile den t-saoghal. Tha taisbeanadh cultar sònraichte Québec, gu sònraichte an dearbh-aithne Fhrangach aice, na phrìomh phàirt ann a bhith ag adhartachadh cultar Québec thall thairis.

Tha cliù cultarach Québec, agus nas cudromaiche, a buaidh, a' dol gu math leis a' chomas aice a chuid ùidhean adhartachadh agus a dhòn ann an diofar shuidheachaidhean Canàdianach agus eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach fòraman coimeirsealta. San dòigh seo, tha riaghaltas Québec, le taic bho roinn a' chultair, air a bhith air leth cudromach ann a bhith a' leasachadh, a' gabhail ri agus a' daingneachadh Co-chruinneachadh UNESCO 2005 air Dion agus Brosnachadh lomadachd Aithrisean Cultarach. Tha Québec cuideachd na stiùiriche air ìre na cruinne ann an amalachadh cultar agus leasachadh seasmhach.

Tha leasachadh a cultar agus na roinne cruthachail aig cridhe amasan poileasaidh cultarach eadar-nàiseanta Québec. Tha iad air an libhrigeadh tro ghrunn institiudan a' gabhail a-steach Conseil des Arts et des Lettres du Québec (Comhairle Ealain Québec), Société de Développement des Entreprises Culturelles (Comann Leasachaидh lomairtean Cultarach), Le Ministère de la Culture et des Communications (Ròinn a' Chultair agus a' Chonalaidh) agus lionra oifisean eadar-nàiseanta Québec, anns a bheil 24 oifigear cultarach a bheir taic do leasachadh margaидh airson na roinne aca taobh a-staigh nan sgìrean anns a bheil iad stèidhichte.

## Luachan agus prionnsapalan

Tha an ro-innleachd seo a' suidhe fo [Ro-innleachd Cultair airson Alba](#), a chaidh fhoillseachadh ann an 2020, agus a' togail air na rùintean eadar-nàiseanta a tha i a' mineachadh. Chaidh cho cudromach 's a tha na prionnsapalan stiùiridh aig cridhe na h-obrach sin a dhaingneachadh leis na beachdan a chur buidhnean agus daoine fa leth an cèill nuair a chaidh an ro-innleachd seo a dheasachadh agus tha iad a cheart cho buntainneach an seo:

- Tha luach ga chur ann an cultar ann an Alba mar rud anns a bheil luach inntrinsigeach.
- Tha cultar saor a bhith brosnachail agus a bhith dùbhlach.
- Tha cultar aig cridhe sunnd agus soirbheas na h-Alba san àm ri teachd - cultarach, sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail.
- Bidh sinn a' comharrachadh iomadachd agus sàr-mhathas chultaran na h-Alba agus cho cudromach sa tha iomlaid fhosgailte leis an t-saoghal mhòr.
- Tha còir aig gach neach pàirt a ghabhail gu saor ann am beatha chultarach na coimhearsnachd, tlachd fhaighinn às na h-ealainean agus pàirt a ghabhail ann an adhartas saidheansail agus anns na buannachdan aige (Alt 27, [A' Ghairm Uile-choitcheann air Còraichean Daonna](#) ).
- Tha àite – coimhearsnachd, cruth-tire, cànan agus cruinn-eòlas – cudromach agus e a' a' sealltainn cruthachalachd an àm a dh'fhalbh agus a' toirt dhuinn brosnachadh airson obair chultarail an-diugh.

Tha an ro-innleachd cuideachd ceangailte ri, agus a' daingneachadh, raon farsaing de phoileasaidhean eile aig Riaghaltas na h-Alba agus aig na buidhnean poblach againn, agus tha mòran dhiubh air an comharrachadh tron sgriobhainn seo.

## Frèam nam Builean

### Frèam Coileanaidh Nàiseanta

- **Cultar:** Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- **Eadar-nàiseanta:** Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta
- **Eaconamaidh:** Tha eaconamaidh againn a tha co-fharpaiseach leis a' chòrr den t-saoghal, tionnsgalach, in-ghabhalach agus so-sheasmhach.
- **Obair Chothromach:** Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraighean agus obair chothromach dhan a h-uile duine
- **Àrainneachd:** Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dòn is ga leasachadh
- **Còraichean Daonna:** Tha sinn a' measadh, a' dòn agus a' coileanadh chòraighean daonna agus tha sinn beò saor bho leth-bhreith

### Lèirsinn

Is e ar lèirsinn a gum bi roinn cultair is cruthachail na h-Alba ceangailte gu cruinneil ris na dòighean agus na cothroman gus na h-àrd-amasan agus an comas eadar-nàiseanta aice a choileanadh, agus gun cuir i ri leas cultarail, sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail na h-Alba tron obair eadar-nàiseanta aice.

### Toraidhean

- Roinn cultar agus cruthachail ùr-ghnàthach, nas seasmhaiche agus nas treasa gu h-eaconamach
- Roinn cultair agus cruthachail eadar-nàiseanta ceangailte agus eadar-mheasgte a tha a' cur ri leas dhaoine agus choimhairsnachdan
- Cliù eadar-nàiseanta nas mothà airson cultar agus cruthachalachd, a' gabhail a-steach freagairt na h-Alba do dhùbhlain cruinneil

## A' bhuaidh aig conaltradh cultarach eadar-nàiseanta

Tha iomadh buaidh chudromach aig ceanglaichean eadar-nàiseanta na roinne cultaraich is cruthachail air an dòigh sa bheil luchd-cleachdaidh agus buidhnean ag obair. Cumaidh iad taic ri ùr-ghnàthachadh agus ionnsachadh cultarach, ri bhith a' cruthachadh bheachdan ùra, ri dòighean-obrach agus modalan gnìomhachais, agus tha iad a' toirt cothrom do bhuidhnean an cuid obrach a thoirt gu luchd-amais nas fharsainge.<sup>11</sup> Is urrainn cothrom air margaidhean ùra cothroman fhosgladh gus sruthan teachd-a-steach a leasachadh agus iomadachadh, a bheir taic do sheasmhachd ionmhais agus tapachd. Bidh gnìomhachd chultarail eadar-nàiseanta a-steach a' daingneachadh àite fèisean na h-Alba mar thachartas air thoisearch air càch aig ire chruinneil agus bidh seo a' cur ri saoghal cultarail dachaigheil na h-Alba le bhith a' taisbeanadh bheachdan is chultaran ùra dhuinn.

Gu bunaiteach, tha co-obrachadh agus iomlaid eadar-nàiseanta nam pàirt de luachan nàdarra roinn a' chultair. Tha e na eisimpleir de a fosgailteachd, eadar-nàiseantachd agus dealas airson conaltradh le cultaran is beachdan eile agus de a mhiann gus eòlas agus deagh chleachdad a cho-roinn gus taic a chumail ri a co-leithid eadar-nàiseanta. Tha buannachdan aig dàimhean iomlaid do gach taobh.

Tha an earrann seo a' beachdachadh air cho cudromach 's a tha conaltradh eadar-nàiseanta dhan roinn agus dè a' bhuaidh a bhios aig an ro-innleachd seo. Tha e a' tarraing gu làidir air freagairtean a fhuaireadh tron sgrùedad a rinn Riaghaltas na h-Alba ann an 2023 gus deasachadh na ro-innleachd seo fhiosrachadh.

## Ùr-ghnàthachadh, ionnsachadh agus leasachadh cultarach

Tha com-pàirteachadh aig cridhe na h-obrach aig mòran bhuidhnean cultarach, le luchd-èisteachd, am measg cho-leithid no tro cho-obrachadh thar-roinneil.

Tha tàrr obair chruthachail air a bhrosnachadh le bhith a' cnuasachadh air beachdan ùra, a' coimhead air dùblain agus luachan coitcheann, agus a' feuchainn ri tuigse fhaighinn air cultaran eile agus aig an aon àm a bhith a' coimhead air a' chultar aca fhèin. Bidh iomlaid chultarail eadar-nàiseanta gar cuideachadh mar chomann-shòisealta a bhith a' meòrachadh air ar n-àite fhèin san t-saoghal, air suidheachadh chàich, agus faodaidh e mothachadh agus tuigse a thogail mu dhùbhlain chruinneil agus ionadail.

Tha conaltradh eadar-nàiseanta a' cruthachadh cothrom dòighean-obrach ùr-ghnàthach fhaicinn agus airson cothroman ionnsachaidh do luchd-cleachdaidh cruthachail. Le bhith a' stèidheachadh cheanglaichean, a' togail lionraighean agus tron co-obrachadh as urrainnear cur air dòigh tromhpa, cumaidh seo taic ri ùr-ghnàthachadh, leasachadh agus neartachadh na roinne. Tha àite cudromach aig sgilean nas foirmile agus aig iomlaid eòlais tro fhòraman eadar-nàiseanta leithid colabhairtean agus buidhnean-riochdachaidh.

---

<sup>11</sup> ICM Unlimited and SQW (for Arts Council England) (2017) - [Impact of Brexit on the arts and culture sector](#)

Le bhith a' co-roinn gnàth-eòlas agus a' tarraing air eòlas agus sgilean dhaoine eile bithear a' cumail taic ri ar ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathas cultarach. 'S e glè bheag de chruthan ealain, ma tha gin ann, a tha cuingealaichte le crìochan nàiseanta, agus mar sin gus leantainn air adhart le ùr-ghnàthachadh, feumaidh buidhnean agus luchd-ealain ceanglaichean cruthachail a thogail agus a chumail le an co-leithid air feadh an t-saoghail.

“Chan urrainnear cuideam gu leòr a chur air cho luachmhor agus cho cudromach 's a tha ionnsachadh bho mhodailean deagh chleachdadh air feadh an t-saoghail agus tha seo gu buannachd gach taobh, leis nach e a-mhàin gu bheil Alba a' faighinn buannachd bho eòlas agus na chaidh fhiosrachadh ann an àiteachan eile ach tha Alba cuideachd air aithneachadh mar àite a tha air thòiseach air càch ann an raointean leithid obair thaighean-tasgaidh agus ghailearaidhean.” Freagairt co-chomhairleachaidh air an Ro-innleachd Cultar eadar-nàiseanta (Gailearaidhean is Taighean-tasgaidh Alba)

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi cleachdaichean agus buidhnean cultarach comasach air na ceanglaichean eadar-nàiseanta aca a leasachadh gus an urrainn dhaibh dàimhean co-obrachail a bhrosnachadh agus a thogail. Tha an rùn seo aig cridhe nan gnìomhan a tha air am mìneachadh tron ro-innleachd seo air fad.

## Sgrùdadh Cùise – PUSH+

Thàinig am pròiseact [PUSH+](#) à miann ann an roinn tèatar is dannsa na cloinne gus obair a chruthachadh a tha de chàileachd àrd agus buntainneach, agus a tha cuideachd a' riochdachadh agus a' nochdadh raon nas eadar-mheasgte de sgeulachdan.

Bha PUSH+ (2019-2022) air a stiùireadh le Imagineate (Alba) còmhla ri Aaben Dans (An Danmhairg), Krokusfestival (a' Bheilg), Scenekunstbruket (Nirribhidh) agus The Ark (Èirinn), agus chaidh a mhaoineachadh le Eòrpa Chruthachail. Thug am pròiseact na còig com-pàrtichean seo còmhla gus conaltradh Eòrpach a bhrosnachadh agus gus beachdan ealain ùra a chruthachadh agus gus obair cleasachd ealain a thòiseachadh mu chuspairean cudromach do luchd-èisteachd òga - a' brosnachadh luchd-ealain gus barrachd chunnartan a ghabhail, a bhith a' cur aghaidh air fo-riochdachadh aig dhiofar dhaoine is buidhnean air an àrd-ùrlar, agus sgeulachdan innse a tha a' dèanamh fior cheangal ri clann agus cò iad.

Choimhead an obair seo air trì diofar chuspairean: Dachaigh, Fàilligeadh agus Bodhaigean eadar-dhealaichte. Chaidh gach cuspair a sgrùdadh tro obair-lann còmhnaidh 8 latha, luchd-ealain air mhuinntireas agus tursan gu fèisean. Thàinig am pròiseact gu crìch le taisbeanadh deireannach san t-Sultain 2022.

Thug an com-pàirteachas eadar-nàiseanta luchd-ealain còmhla le diofar eachdraidhean cultarach is sòisealta agus bhrosnaich iad conaltradh agus co-nbrachadh san àm ri teachd. Thug luchd-ealain dùbhlà dhan chleachdad aca, chruthaich iad dòighean-obrach ùra, dh'ionnsaich iad bho an co-leithid agus chruthaich iad lìonraidhean ùra.

Tha buaidh mhaireannach air a bhith aig a' phròiseact air com-pàrtichean agus luchd-ealain le mòran fhathast ann an conaltradh agus a' dealbhadh phròiseactan ùra còmhla. Chaidh grunn den luchd-ealain a tha stèidhichte ann an Alba a bharantachadh às dèidh làimh gus obair ùr a chruthachadh no air cothroman co-riochdachaidh eadar-nàiseanta a lorg. Bha miann aig a h-uile duine a ghabh pàirt cuideachd obair a dhèanamh a bhiodh a' putadh chriochan agus a bheireadh dùbhlà dhan status quo san àm ri teachd. Bha co-nbrachadh eadar-nàiseanta agus iomlaid bheachdan nam pàirtean ro-chudromach den bhuaidh a thug am pròiseact, a' cruthachadh chothroman airson conaltradh agus ionnsachadh nach biodh ann às aonais.

## Leasachadh a' ghnìomhachais

Is urrainn conaltradh eadar-nàiseanta cothroman fhosgladh gus luchd-amais ùr fhaighinn agus gus cothrom fhaighinn air margaidhean ùra. Airson cuid de buidhnean agus cleachdaichean is e a' ghnìomhachd eadar-nàiseanta a tha ga fhàgail comasach dhaibh dreuchd a bhith aca san raon a tha seasmhach gu h-ionmhasail.

"Le bhith a' comharrachadh chothroman agus mhargaidhean torrach ùra gu h-eadar-nàiseanta bu chòir seo cuideachadh le fàs agus seasmhachd nan iomairtean a tha an sàs ann, a' toirt seachad sruthan teachd-a-steach a bharrachd agus nas àirde, agus aig an aon àm ag aithneachadh cunnart agus cosgaisean a bharrachd." Freagairt co-chomhairleachaidh air an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta (lomairt Alba a Deas)

Tha às-mhalairt eadar-nàiseanta na phrìomh thùs teachd-a-steach airson cultar agus roinn chruthachail na h-Alba agus tha iad air fàs mòr fhaicinn thar nan deich bliadhna a chaidh seachad. Ann an 2021, bha às-mhalairt bhon roinn aig ìre £3.8 billean no 4.7% de dh'às-mhalairt ionlan na h-Alba.<sup>12</sup> Tha e coltach, ge-tà, gun tug an galar lèirsgaoilte COVID-19, èiginn nan cosgaisean bith-beò agus Brexit droch bhuaidh air gnìomhachd às-mhalairt bhuidhnean cultarach, ach chan eil gin dhiubh sin ri fhaicinn fhathast ann an staitistig oifigeil.

Tha gnìomhachd eadar-nàiseanta air feadh na roinne measgaichte agus farsaing. Tha fòcas sònraichte aig cuid de dh'fho-roinnean air malairt eadar-nàiseanta ann an seirbheisean. Mar eisimpleir, tha cuairtean eadar-nàiseanta na phrìomh eileamaid de mhodailean gnìomhachais ann an roinnean a' chiùil agus nan ealan cluich. Bheir sin buaidh air luchd-ealain fa-leth, buidhnean leithid orcastrathan, agus proifeiseantaich eile leithid innleadairean fuaim agus teicneòlaichean solais. Thathar a' meas gum faigh luchd-ciùil mu 70% den teachd a-steach aca bho chuaирtean.<sup>13</sup> San aon dòigh, tha taisbeanadh gu h-eadar-nàiseanta cudromach do roinn nan ealan lèirsinneach, taighean-tasgaidh is gailearaidhean. Tha an roinn sgrìn agus an fheadhainn a tha ag obair ann a' faighinn buannachd mhòr bho phròiseactan thar-chriochan, co-riochdachaidhean agus in-thasgadh. Tha buaidhean sònraichte aig na gnìomhan sin a bharrachd air teachd a-steach, leithid leasachadh lònraidhean agus dàimhean thar-chriochan, agus leudachadh air luchd-amais. Ro Brexit, bha cothrom air an AE gu sònraichte cudromach do luchd-ealain aig ìre thràth nan dreuchdan. Gu ìre bha seo mar thoradh air ruigsinneachd margaidh an AE, le ceanglaichean còmhdailean an ìre mhath saor an tac a ri margaidhean eadar-nàiseanta eile. Agus bha cosgaisean air an cumail sios gu mòr cuideachd mar thoradh air saorsa gluasaid taobh a-staigh an AE. Tha dùblain a bharrachd ann a-nis leis na gnìomhan sin, leithid riatanasan bhiosa agus cead-obrach nuair a thathar ag obair ann an dùthchannan eile, agus tha mòran de seo air fàs nas miosa mar thoradh air Brexit.

Tha àite aig às-mhalairt bathair agus seilbh inntleachdail ann a bhith a' toirt taic dhan roinn. Tha às-mhalairt aodach-fighte, ciùird, ealain lèirsinneach agus lethbhreacan fiosaigeach de litreachas is ceòl a' toirt teachd-a-steach deatamach do mhòran den roinn. Bithear a' reic bathar fiosaigeach gu tric mar dhòigh air teachd-a-steach a bharrachd a dhèanamh mar phàirt de dh'obair eadar-nàiseanta leithid tursan. Anns an raon seo, tha reic bathar gu sònraichte luachmhor do roinn a' chiùil. A-rithist, ged a bheir reic bathar fiosaigeach gu h-eadar-nàiseanta mòran bhuannachdan dhan roinn, tha dùblain ann cuideachd, leithid cusbainn agus riatanasan cìse.

---

<sup>12</sup> Riaghaltas na h-Alba (2024) [Growth Sector Briefing – Creative Industries](#)

<sup>13</sup> Taigh nan Cumantan: Comataidh Didseatach, Cultair is Spòrs (2021) [Economics of music streaming](#)

## Cliù agus luachan

“Tha neart cliù cultarail na h-Alba a’ toirt guth dhuinn ann an conaltradh eadar-nàiseanta a tha fada nas mothà na ar meud.” Co-chomhairleachadh air an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta (Culture Counts).

Chan eil teagamh sam bith ann nach eil cultar ann an seagh farsaing aig cridhe deagh chliù na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta agus a thaobh cho tarraingeach ’s a tha sinn mar cheann-uidhe agus mar chom-pàirtiche. Ann an 2022, bha Alba aig àireamh 15 a-mach à 60 dùthaich ann an Anholt-Ipsos Nation Brands Index<sup>14</sup> a thaobh beachdan luchd-freagairt an t-suirbhidh air cultar na h-Alba. Bhiodh an rangachadh seo na b’ àirde mura robh taobh a’ chultair a’ gabhail a-steach beachdan air sàr-mhathas spòrs mar roinn-seòrsa.

Tha roinn a’ chultair ro-chudromach airson seo. Tha an lorg-coise eadar-nàiseanta aice a’ nochdadh Alba don chòrr den t-saoghal agus tha buaidhean dàrnach nach beag aice. Tha obair le Sgrìn Alba mar eisimpleir a’ sealltainn gun do dh’àrdaich àireamh an luchd-turais a chuir seachad oidhche ann an Alba a bha air am brosnachadh gus tadhal air Alba mar thoradh air telebhisean no film bho 525,000 ann an 2016 gu 656,000 ann an 2019 (328,000 dachaigheil, agus 328,000 eadar-nàiseanta), a’ cosg £56.8 millean ann an Alba.<sup>15</sup> Is urrainn dhaibh turasachd le luach nas àirde a bhrosnachadh cuideachd. Mar eisimpleir, tha mion-sgrùdadh Fèis Dhùn Èideann air seusan fèis 2022 a’ sealltainn ged a bha àireamhan luchd-èisteachd 30% na b’ isle na ann an 2019 ron ghalair lèir-sgaoilte, gun robh àrdachadh ann an caitheamh luchd-tadhail a’ ciallachadh gun robh buaidh eaconamach nam fèisean aig 97% de na h-ìrean ron ghalair lèir-sgaoilte.<sup>16</sup>

Tha e follaiseach cuideachd gu bheil mòran bhuidhnean cultarach den bheachd gu bheil ròl aca agus aig an cuid obrach ann a bhith a’ taisbeanadh Alba gu h-eadar-nàiseanta. Tha seo ceangailte gu dìreach ris a’ chleachdadh chruthachail aca agus ri rannsachadh air dearbh-aithne, eachdraidh agus beachdan. Tron obair aca faodaidh iad àite na h-Alba san t-saoghal a rannsachadh agus còmhraidhean cruthachail a thòiseachadh mu na luachan a dh’fhaodamaid a bhith airson cumail suas ann an dàimhean le dùthchannan eile. Tha seo a’ feuchainn ri beachdan na h-Alba san latha an-diugh, ar dàimh leis an t-saoghal mhòr agus dùbhlain cumanta san 21<sup>th</sup> linn a thuigsinn agus a thaisbeanadh. Bidh e cuideachd gar cuideachadh gus dealbh nas coileanta a chruthachadh den àm a dh’fhalbh agus den làrach a dh’fhàg taobhan dùbhlach den eachdraidh againn.

Tha [Ro-innleachd Eadar-nàiseanta](#) ùr Riaghaltas na h-Alba air raon de phriomhachasan agus gniomhan a mhìneachadh airson a ghnìomhachd eadar-nàiseanta. Tha co-nbrachadh cultarach eadar-nàiseanta na phriomh inneal tron urrainn dhuinn togail air deagh chliù na h-Alba mar àite cultarail is cruthachail. Tha seo a’ ciallachadh a bhith a’ toirt taic do roinn a’ chultair gus a dhol an sàs ann an

<sup>14</sup> Riaghaltas na h-Alba (2023) [The Anholt-Ipsos Nation Brands IndexSM: 2022 Report For Scotland](#)

<sup>15</sup> Saffery Champness (às leth Sgrìn Alba) [The Economic Value of the Screen Sector in Scotland in 2021](#)

<sup>16</sup>BOP Consulting on behalf of Festivals Edinburgh, Economic Impact of the Edinburgh Festivals, 2023 - [Edinburgh Festivals Impact Study June 2023 original.pdf \(edinburghfestivalcity.com\)](#)

conaltradh cultarach agus a cuid obrach a thaisbeanadh ann am fòraman eadar-nàiseanta. Ach, tha e cuideachd a' ciallachadh a bhith a' dol nas fhaide na bhith a' taisbeanadh na bhios sinn a' dèanamh agus a' toirt taic dhan roinn gus com-pàirteachasan agus builean susbainteach a thoirt gu buil a bhrosnaicheas deuchainneachd agus ùr-ghnàthachadh, a bheir buannachdan eaonamach agus a chruthaicheas dàimhean malairt is tasgaidh ùra, agus a bhrosnaicheas Alba mar àite airson tadhal air.

## Feumalachdan taic

Airson obair eadar-nàiseanta, feumaidh cothrom a bhith aig buidhnean cultarach air sgilean, eòlas agus lìonraidhean, ge b' e dè na h-adhbharan airson na gniomhachd seo. Feumar comas-lìbhrigidh agus stòrasan gus gniomhachd a phlanadh agus a lìbhrigeadh. Faodaidh dìth comais agus comais-lìbhrigidh casg a chur air cuid de bhuidhnean agus luchd-cleachdaidh bho bhith a' coileanadh an rùintean gus obair eadar-nàiseanta a leasachadh agus a libhrigeadh fiù 's nuair a dh'fhaodadh sin a bhith buannachdail dhan chleachdadadh agus dhan t-seasmhachd ionmhasail aca. Chan eil an co-theacsa làithreach de chosgaisean nas àirde agus an ath-shlànnachadh leantainneach bho bhith nas lugha de dh'obair aig àm galar lèir-sgaoilte Covid19 air seo a dhèanamh nas phasa. Tha na dùblain a bharrachd a dh'adhbhraich Brexit air cnapan-starra cosgais is rianachd adhbharachadh a thaobh a bhith a' faighinn cothrom air an AE, a tha fhathast air aon de na margaidhean eadar-nàiseanta as cudromaiche san roinn.<sup>17</sup>

Tha an earrann seo den ro-innleachd a' cuimseachadh air na feartan structarail a tha a' cumail taic ri co-nbrachadh eadar-nàiseanta na roinne agus air cho cudromach 's a tha an conaltradh seo do mhodailean gniomhachais san roinn.

## So-ghluasadachd

Tha so-ghluasadachd eadar-nàiseanta aig cridhe gniomhachd thar na roinn cultarail agus cruthachail. Às aonais seo, chan urrainn do phroifeiseantaich cruthachail ann an Alba an cuij obrach a thoirt gu dùthchannan eile, agus chan urrainn an co-leithid bho air feadh an t-saoghail tighinn a dh'Alba. Tha an comas a bhith a' dèanamh gniomhan eadar-nàiseanta leithid a bhith a' dol air chuairt deatamach do mhòran dhaoine fa leth agus do bhuidhnean a thaobh a bhith a' ruighinn luchd-èisteachd ùr, a' dèanamh teachd a-steach, a' co-nbrachadh agus a' togail lìonraidhean ro-chudromach thar chriochan, agus a bhith a' taisbeanadh roinnean cruthachail na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta.

Ach, tha an roinn air a bhith soilleir gu bheil mòran chnapan-starra ann a thaobh gluasad eadar-nàiseanta leithid riatanasan bhòsa agus cead-obrach, riaghailtean chusbainn agus na cosgaisean coitcheann a thaobh a bhith a' gluasad eadar dùthchannan. Tha Brexit air bacайдhean mòra ùra a chur an sàs a thug droch bhuaidh air a' ghniomhachd eadar-nàiseanta seo.<sup>18</sup> Bidh oidhirpean gus na buaidhean sin a lasachadh na phriomh raon gniomh stèidhichte air an ro-innleachd seo. Tha e coltach gum bi seo ann an grunn diofar chruthan. Thèid coimhead air oidhirpean dioplòmasach; mar eisimpleir a bhith a' cur cheumannan dà-thaobhach agus ioma-thaobhach an sàs gus proifeiseantaich cruthachail a shaoradh bho riatanasan bhòsa agus cead-obrach sònraichte, gu sònraichte airson gniomhan thar-chriochan nach mair fada. Bidh e ro-chudromach cuideachd an t-Aonta Malairt is Co-nbrachaidd leis an AE atharrachadh, air an toirear sùil nas mionaidiche gu h-ìosal, gus an riochdaich e feumalachdan na roinne nas fheàrr.

<sup>17</sup> Arts Council England (2016) [The arts and culture sector and exit from the European Union](#)

<sup>18</sup> Leabharlann Taigh nam Morairean (2021) [Impact of Brexit on UK Musicians Performing in the EU](#)

“Cosgaisean nas àirde agus iom-fhillteachd malairt ann am bathar agus seirbheisean cultarach, a’ gabhail a-steach riaghailtean a tha a’ riaghladh carnets, cabotage agus seirbheisean air an lìbhrigeadh gu didseatach.” Freagairt co-chomhairleachaidh air an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta (Fèisean Dhùn Èideann)

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air a’ putadh Riaghaltas na RA gus obrachadh còmhla ri riaghaltasan eile agus leis an AE gus taic a thoirt do rèiteachaidhean gun bhiosa airson luchd-ealain air chuairt.

Faodaidh e a bhith dùblanach agus daor a bhith ag obair san t-suidheachadh seo. Tha Riaghaltas na h-Alba air taic a chumail ri obair gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-ealain bho thaobh a-muigh na RA air comhairle mu riaghailtean bhiosa na RA às dèidh Brexit, gus a’ bhuaidh air an t-saoghal chultarail dhachaigheil a lùghdachadh chun na h-ire as mothà ’s a ghabhas. Ged a tha seirbheisean ann an dùthchannan eile as urrainn comhairle a thoirt do bhuidhnean Albannach a tha ag iarraidh an cuid obrach a thoirt do na h-àiteachan sin, tha na cosgaisean a bharrachd a thig an cois Brexit airson a bhith a’ toirt obair dhan AE do-sheachanta.

- Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air dè na ceumannan a dh’fhaodadh taic a thoirt do luchd-ealain Albannach gus aghaidh a chur air na dùblain sin.

## Às-mhalairt agus iomlaid chultarach

Tha diofar chruthan air gnìomhachd às-mhalairt nan roinnean cultarach agus cruthachail. Gu tric bidh seo ann an cruth sheirbheisean leithid cuairtean no taisbeanaidhean agus tha an comas do dhaoine fa leth agus buidhnean a bhith ag obair thar chriochan aig cridhe lìbhrigeadh nan seirbheisean sin. Tha gluasadachd deatamach airson seo, ach tha taic airson às-mhalairt chultarach na chùis nas fharsainge a thaobh a bhith a’ cruthachadh cheanglaichean, a’ solarachadh àrd-ùrlaran agus a’ toirt taic do bhuidhnean gus na sgilean agus an comas aca a leasachadh gus obrachadh gu h-eadar-nàiseanta. Tha às-mhalairt bathar fiosageach cudromach cuideachd do dh’eileamaidean den roinn. Tha turasachd chultarail a-steach dhan dùthaich a’ cruthachadh teachd-a-steach às-mhalairt tro luchd-tadhail a’ tighinn a dh’Alba agus, mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha cliù eadar-nàiseanta roinn cultair na h-Alba air leth cudromach airson beachdan nas fharsainge air Alba. Tha feallsanachd eaconamach shoilleir aig às-mhalairt chultarach ach tha i cuideachd air a stiùireadh le cleachdadh cruthachail agus miann cheanglaichean cultarach ùra a thogail agus beachdan agus obair ùr a thoirt do luchd-amais nas fharsainge.

Aig an àm seo, tha taic airson às-mhalairt chultarach ann an Alba air a stiùireadh le measgachadh de bhuidhnean poblach agus priobhaideach. Mar eisimpleir, tha pàirt chudromach aig buidhnean coimeirsealta ann a bhith a’ taisbeanadh ceòl Albannach gu h-eadar-nàiseanta, tha Alba Chruthachail a’ toirt seachad raon de mhaoinean a bheir taic do ghnìomhachd eadar-nàiseanta thar na roinne, agus tha Sgrìn Alba a’ cumail taic ri riochdachaidhean film is TBh gus cothrom fhaighinn air margaidhean eadar-nàiseanta.

Is e luach nan còraichean eadar-nàiseanta airson pròiseactan film is TBh a tha a' cur air adhart soirbheachas nan compañaidean a chruthaicheas susbaint. Bidh Sgrìn Alba a' cumail taic ri leasachadh agus cur an gnìomh phròiseactan le mòr-mhiannan gus luchd-amais eadar-nàiseanta a ruighinn, a' toirt taic do riochdairean le bhith a' dol an sàs sa mhargaidh sgaoilidh, maoineachaidh agus co-riochedachaidh eadar-nàiseanta. Bidh Sgrìn Alba fhèin cuideachd ag àrach dhàimhean leis an roinn reic, is sgaoilidh eadar-nàiseanta agus le com-pàrtichean maoineachaidh agus maoineachaidh poblach airson buannachd ar coimhearsnachdan cruthachail.

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair gu dlùth le Sgrìn Alba agus buidhnean iomairt gus cothroman ùra a shireadh thall thairis gus taic agus fàs a thoirt dhan roinn sgrìn, gus am bi Alba na àite riochedachaidh a tha a' sìor fhàs tarraingeach do chompanaidhean eadar-nàiseanta agus a' brosnachadh tàlant sgrìn na h-Alba air feadh an t-saoghail.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' maoineachadh Maoin EXPO nam Fèisean, a tha a' toirt taic do luchd-ealain Albannach an cuid obrach a thaisbeanadh agus ceanglaichean eadar-nàiseanta a leasachadh tro fhèisean Albannach. Bidh EXPO a' toirt taic do eadar 1,000 agus 1,250 neach-ealain agus neach-obrach air an ceann fhèin gach bliadhna, a bharrachd air cosnadh ràitheil is maireannach taobh a-staigh nam fèisean fhèin. Agus bidh na coimiseanan agus na pròiseactan a bharrachd sin a' togail iomhaigh, ruigsinneachd agus sgèile eadar-nàiseanta nam fèisean a tha maoinichte le EXPO, agus mar sin tha e a' cur ris an t-seasmhachd ionmhasail aca. Ann an 2023/24 thug EXPO taic do 14 fèisean ann an Dùn Èideann agus Glaschu, thug iad seachad cothroman ro-chudromach airson EXPO air chuairt eadar-nàiseanta, agus chruthaich agus chùm iad suas ceanglaichean cultarach le ar com-pàrtichean san Ròinn Eòrpa agus margaidhean le priomhachais air feadh an t-saoghail.

Tha an taic làithreach ann an Alba air soirbheachadh gu mòr ach le dòigh-obrach nas ro-innleachdaile agus nas fhaide-ùine a bhios a' togail air a' chuid as fheàrr de na tha sinn a' dèanamh mar-thà agus a' tarraing air modailean soirbheachail bho air feadh an t-saoghail, fosglaidh cothroman ùra. Tha farsaingeachd de mhodailean ann gu h-eadar-nàiseanta gus taic a thoirt do dh'ás-mhalairt agus iomlaid chultarach an dàrna cuid ag amas air fo-roinnean sònraichte, leithid ceòl, no le dòigh-obrach nas fharsainge. Tha luchd-ùidh air a leithid de thaic a chomharrachadh mar bheàrn san t-solar làithreach agus chaidh seo ainmeachadh san t-suirlidh mun ro-innleachd seo mar an ceudna. Nì sinn sgrùdadadh air modailean airson às-mhalairt chultarach agus taic iomlaid agus beachdaichidh sinn air cò ris a bhiodh modailean so-dhèanta do dh'Alba coltach. Ged a dh'fhaodadh buaidh phractaigeach a bhith aig stèidheachadh seirbheis taice airson às-mhalairt agus às-mhalairt chultarach air na roinnean cultarail agus cruthachail, dh'fhaodadh e san fharsaingeachd a bhith na mheadhan airson ar dòigh-obrach nas fharsainge a thaobh gnìomhachd cultarach eadar-nàiseanta. Dh'fhaodadh e a bhith a' tagradh airson buannachdan conaltraidh chultarach eadar-nàiseanta tarsainn roinn phoblach na h-Alba agus a bhith ag obrachadh gus dòighean-obrach ùra a leabachadh.

- Nì sinn sgrùdadadh comais air a bhith a' cruthachadh seirbheis taic airson às-mhalairt agus iomlaid chultarail.

## Sgrùdadh Cùise – Momentum

Gach bliadhna curidh Dùn Èideann fàilte air còrr is 20,000 prìomh phroifeiseantaich ealain an t-saoghal gus cur ri seusan ainmeil nam fèisean san Lùnastal. Bidh prògram riochdairean eadar-nàiseanta Momentum a' toirt còmhla luchd-glèidhidh, luchd-tionnsgain cruthachail, luchd-maoineachaiddh, proifeiseantaich nam meadhanan, oifigearan, riochdairean agus luchd-prògramaidh bho air feadh an t-saoghal gus iad fhèin a bhogadh anns an taisbeanadh gun samhail seo de shàrmhathas cultarach na cruinne.

Tha Momentum air a lìbhrigeadh le Fèisean Dhùn Èideann (às leth fèisean Dhùn Èideann), Comhairle Breatainn Alba, agus Alba Chruthachail, le taic a bharrachd bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann agus EventScotland.

Gach bliadhna, thathar a' toirt cuireadh do bhuidhnean-riochdachaiddh bho dhiofar dhùthchannan taisbeanadh a dhèanamh air an cleachdad bho proifeiseanta, cho math ri tar-shealladh air an roinn chultarail san dùthaich aca, do luchd-ùidh bho roinn ealain is cultair na h-Alba. Bidh gach riochdaire aig Momentum a' faighinn clàr-ama sònraichte de ghnìomhachd, choinneamhan-ullachaiddh agus choinneamhan gus cuideachadh le bhith ag àrach co-obrachadh agus iomlaid. Is e an t-amas com-pàirteachasan eadar-nàiseanta ùra a bhrosnachadh, a bharrachd air tasgadh agus co-obrachadh le fèisean Dhùn Èideann agus an roinn ealain san fharsaingeachd ann an Alba.

Bho 2011, tha Momentum air còrr air 850 riochdairean eadar-nàiseanta a thoirt a Dhùn Èideann. Mar thoradh air na tursan seo, chaith seusan obrach a thaisbeanadh le buidhnean ealain bho dhùthchannan eile a' gabhail a-steach nan Innseachan agus Sealan Nuadh aig na fèisean, agus chaith cothroman fhosgladh do riochdairean ceanglaichean ùra a chruthachadh agus co-obrachadh a leasachadh le an co-leithid san RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

Thairis air 2022 agus 2023 thug Momentum aoigheachd do chòrr is 80 riochdaire agus rinn iad com-pàirteachadh le 120 aoigh eile bho bhuidhnean-riochdachaiddh neo-eisimeileach, a' tighinn bho barrachd is 31 dùthaich. Ann an 2022 choinnich còrr is 170 ball de roinn na h-Alba ri riochdairean, ag èirigh gu 233 ann an 2023, a' gabhail a-steach stiùirichean Fèise, proifeiseantaich ealain air feadh na h-Alba, agus àrd-stiùirichean poileasaiddh. Bidh na ceanglaichean sin gu cunbalach a' cruthachadh dàimhean san fhad-ùine agus a' cruthachadh cho-obrachaidhean a tha buannachdail do chàch a chèile a bheir taic do lìonraidhean eadar-nàiseanta agus leasachadh fad-ùine nan cleachdaichean a tha an sàs ann.

## Àrd-ùrlaran agus lìonraidhean

Tha eachdraidh làidir aig roinn chultarach is chruthachail na h-Alba ann a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le prìomh bhuidhnean poblach gus am feum as fheàrr a dhèanamh de dh'ùrd-ùrlaran eadar-nàiseanta. Tha làthaireachd agus com-pàirt Albannach anns na fòraman sin a' taisbeanadh na roinne agus a neartan agus faodaidh e dorsan fhosgladh airson tuilleadh chom-pàirteachasan eadar-nàiseanta.

Faodaidh dòigh-obrach cho-obrachail luach mòr a chur ris a' chùis agus tha grunn eisimpleirean agus sgrùdaidhean cùise a chaidh a chomharrachadh tron ro-innleachd seo a' sealltainn sin.

Tha grunn àrd-ùrlaran dachaigheil is eadar-nàiseanta aig Alba a bheir taic do leasachadh cheanglaichean eadar-nàiseanta na roinne. Fhad 's a bhios sinn a' lìbhrigeadh na ro-innleachd seo cumaidd sinn oirnn a' sireadh dhòighean gus an comas-lìbhrigidh agus a' bhuaidh àrdachadh.

- Mapaidh sinn priomh lìonraidhean agus àrd-ùrlaran cultarail eadar-nàiseanta agus feuchaidh sinn ri tuigsinn fhaighinn air far a bheil comas ann taic a chur ri barrachd leasachaidh air com-pàirteachadh Albannach nam broinn.

Tha fèisean na h-Alba aig ire na cruinne agus tha iad nam priomh stòras cultarail. Bidh iad a' tarraing an t-saoghal a dh'Alba, an dà chuid cleachdaichean agus luchd-eisteachd, agus a' cur ri saoghal cultarail na dùthcha. Bidh iad cuideachd a' tabhann àrd-ùrlaran airson a bhith a' leasachadh dreuchdan luchd-ealain Albannach agus a' leasachadh cheanglaichean eadar-nàiseanta. Tha Riaghaltas na h-Alba air taic a chumail ris a' bhuaidh a th' aig Fèisean mar àrd-ùrlar airson leasachadh àrd-amasan eadar-nàiseanta luchd-ealain na h-Alba tro mhaoin EXPO nam Fèisean.

Tha eadar-nàiseantachd air a bhith aig cridhe Fhèisean Dhùn Èideann bho chaidh Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann a stèidheachadh ann an 1947. Air a ruith le com-pàirteachas le Alba Chruthachail, Fèisean Dhùn Èideann agus Comhairle Bhreatann Alba, tha Momentum, a tha air a mhìneachadh gu mionaideach gu h-àrd, na phrògram riochdairean a tha ag amas air dàimhean eadar-nàiseanta a thogail agus cothroman co-nbrachaidh àrach tro na fèisean.

'S e UNESCO<sup>19</sup> a' priomh bhuidheann eadar-nàiseanta le fòcas air co-nbrachadh eadar-nàiseanta a thaobh cultair. Tha grunn cheanglaichean aig Alba ri UNESCO mar-thà a' gabhail a-steach na sia Làraichean Dualchas na Cruinne againn<sup>20</sup> agus ceithir bailtean nam Albannach ball de Lionra Cathair-Bhailtean Cruthachail UNESCO.<sup>21</sup> Tha mar a chaidh cho cudromach 's a tha na h-àiteachan sin gu cultarail aithneachadh tro na prògraman sin a' déanamh Alba na pàirt de lìonraidhean eadar-nàiseanta cudromach a tha a' cumail taic ri iomlaid eòlais agus co-nbrachaidh, agus a' cruthachadh cothroman do luchd-cleachdaidh tro muinntearasan agus cothroman leasachaidh proifeiseanta. Bidh iad cuideachd a' brosnachadh cuid de stòrasan cultarail na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta, a' tàladh luchd-tadhail agus a' comharrachadh cuid de neartan na roinne againn.

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair gu dlùth le Riochdachadh Maireannach na RA air UNESCO agus rannsaichidh sinn dòighean san gabh ar dàimh le UNESCO a neartachadh.

<sup>19</sup>United Nations Educational, Scientific and Cultural Organizations

<sup>20</sup>Balla Antonine; Bailtean Seann is Ùr Dhùn Èideann; Drochaid Fhoirthe; Arcaibh Linn ùr na cloiche; Lannraig Nuadh; Hiort

<sup>21</sup>Dùn Dè, Cathair-baile an Dealbhaidh; Dùn Èideann, Cathair-bhaile an Litreachais; Glaschu, Cathair-bhaile a' Chiùil; Peairt, Cathair-bhaile Ciùird agus Ealain Dhùthchasach

## Sgrùdadh cùise - Slighe UNESCO na h-Alba

Tha [Slighe UNESCO](#) na h-Alba na dhearbhadh pròiseil air cultar, dualchas agus àrainneachd eachdraidheil eadar-mheasgte agus beòthail na h-Alba agus a' ceangal nan 13 sònrrachaidhean UNESCO a tha stèidhichte air àite còmhla, a' gabhail a-steach Làraichean Dualchais na Cruinne, Bith-chruinnichean, Geo-phàircean Cruinneil agus Cathair-bhailtean Cruthachail gus slighe dhidseatach shònraichte a chruthachadh. Tha e ag amas air luchd-tadhail a thoirt air turas cultarail air feadh na dùthcha gus eòlas a chur air a h-uile rud bho eachdraidh gu saidheans, ceòl, dealbhadh is litreachas gu nàdar agus seallaidhean-baile. Chaidh an t-Slighe a chruthachadh le taic bho £360,000 de mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh an t-Slighe a chruthachadh ann an com-pàirteachas cruinneil de a chiad sheòrsa riamh eadar Riaghaltas na h-Alba, Coimisean Nàiseanta na RA airson UNESCO, riochdairean comharrachadh làraichean na h-Alba, VisitScotland, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, NatureScot agus Urras Nàiseanta na h-Alba. Tha am pròiseact air a stiùireadh le VisitScotland. Tha e air grunn dhuaisean a chosnadh, a' gabhail a-steach Duais 'Cesar for Sustainable Tourism' aig Turmag; Duais Bunait Santagata airson Tìrean UNESCO 2022; agus Duais Seasmhachd Siubhail Wanderlust. Bho chaidh a chur air bhog, tha daoine air eadar-obrachadh leis na puist air na meadhanan sòisealta airson na Slighe còrr is 2.5 millean turasan.

Bidh Slighe UNESCO na h-Alba a' brosnachadh gnìomhachasan turasachd ionadail a tha a' cruthachadh gnìomhachd turasachd cunntachail. Tha an t-Slighe ag amas air taic a thoirt do thurasachd sheasmhach, a' brosnachadh luchd-tadhail gu bhith ag ionnsachadh mu na sònrrachaidhean agus a bhith a' tadhail orra agus a' faighinn eòlas orra ann an dòigh a tha brioghmhor dhan neach-tadhail, agus a tha cunntachail agus seasmhach airson an t-sònrrachadh agus airson na coimhearsnachd mun cuairt air. Tha an t-Slighe a' toirt seachad fiosrachadh a bheir an cothrom do luchd-tadhail roghainnean siubhail nas uaine a thaghadh agus a bhios a' brosnachadh dhaoine gus smaoineachadh air an àm as freagarraiche airson tadhail. Tha a h-uile gnìomhachas ionadail air a bheilear a' toirt iomradh air an t-Slighe nam pàirt de sgeamaichean barantachaidh uaine.

Tha Alba air aithneachadh bho chionn fhada cho cudromach 's a tha dualchas cultarach do-bheantainn do choimhearsnachdan ionadail, agus mar phàirt de ar dearbh-aithne nàiseanta. Ged a dh'ainmich Riaghaltas na RA gu bheil iad an dùil [Cunnradh air Dion Dualchas Cultarach Do-bheantainn](#) a dhaingneachadh aig deireadh 2023, tha Alba air a bhith ag iarrайдh is ag iomairt airson daingneachadh fad ionadh bliadhna. Tha Alba air thoiseach air dùthchannan eile na RA anns a' chlàr air-loidhne againn a chaidh a chruthachadh tro [Chom-pàirteachas Dualchas Cultarach Do-bheantainn na h-Alba](#), co-obrachadh eadar Gailearaidhean is Taighean-tasgaidh na h-Alba, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Ealain is Cultar Traidiseanta Alba (TRACS) agus Alba Chruthachail. Tha Riaghaltas na h-Alba ag

aithneachadh a' chomais iongantach a thaobh in-ghabhail agus mothachadh a tha dualchas cultarach do-bheantainn a' toirt seachad, agus tha e den bheachd le bhith a' cur luach air traidiseanan, cultaran, sgeulachdan agus òrain càch a chèile gu bheil tòrr againn ri bhuannachd an dà chuid ann an Alba agus nas fhaide air falbh.

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air a' brosnachadh Riaghaltas na RA mar Bhall-stàite UNESCO a bhith a' leantainn comhairle bho Chom-pàirteachas Dualchas Cultarach Neo-stuthach na h-Alba agus ag ionnsachadh bho na dh'ionnsaich Buill-stàitean UNESCO eile, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad stòrasan iomchaidh gus obair bhuadhach a lìbhrigeadh às dèidh daingneachadh a' chunnraidi.

A bharrachd air na cothroman a tha air am mìneachadh gu h-àrd, leanaidh sinn oirnn a' coimhead air tuilleadh bheachdan gus taic a thoirt do dh'iomlaid chultarach, co-obrachadh agus conaltradh tro àrd-ùrlaran dachaigheil agus eadar-nàiseanta. Bidh seo a' gabhail a-steach Co-labhairt Cultar Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann a chaidh a stèidheachadh ann an 2012 agus a chaidh a lìbhrigeadh bhon uair sin gach dà bhliadhna tro chom-pàirteachas eadar Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Comhairle Breatainn Alba, Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann, agus Roinn Cultar, Mheadhanan agus Spòrs aig Riaghaltas na RA. Tha e air a bhith na àrd-ùrlar cudromach airson conaltradh eadar-riaghaltais air poileasaidh cultair agus air na dùblain coitcheann a tha romhainn. Tha an iomairt seo a' dol tro phròiseas ath-bhreithneachaidh aig an àm seo anns am bi Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ri com-pàirtichean eile gus a ròl ath-dhealbhadh mar fhòram cudromach airson conaltradh cultarach eadar-nàiseanta. Bidh e cuideachd a' gabhail a-steach Scotland + Venice, a tha mar an ceudna a' dol tro phròiseas ath-bhreithneachaidh aig an àm seo, ach a tha air a bhith na àrd-ùrlar cudromach gus chleachdaichean cruthachail Albannach a thaisbeanadh.

## **Ceanglaichean leis an AE**

Bha comas gluasaid eadar-nàiseanta na phrìomh eileamaid den dàimh againn leis an AE. Chuidich e buidhnean Albannach gus an cuid obrach a thoirt do luchd-amais de 500 millean neach ann an suidheachadh gun mhòran chuingealachaidhean le bhith a' dèanamh sin. Agus thug e cothrom dhan cho-leithid bho air feadh an AE tighinn a dh'Alba, a' cur gu mòr ri fèisean agus ris an t-saoghal chultarach san fharsaingeachd, a' cumail taic ri iomlaid agus co-obrachadh, agus a' toirt sgilean, tàlant agus beachdan do dh'Alba.

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' coiteachadh Riaghaltas na RA gus leasachaidhean fhaighinn ann an teirmean an Aonta Malairt is Co-obrachaidh leis an amas dèanamh cinnteach gum bi gluasad saor de phroifeiseantaich cruthachail eadar an RA agus an AE.

Tha Brexit air cur às do ruigsinneachd dhan phrògram Eòrpa Chruthachail, prìomh dhòigh taic an AE airson roinn cultair na h-Eòrpa. Tha fòcas a' phrògram air co-obrachadh cultarach eadar-nàiseanta thar gach eileamaid eadar-dhealaichte den roinn agus am frèam tar-nàiseanta tro bheil e a' lìbhrigeadh taic nam prìomh eileamaidean den t-soirbheachas aige. Is e seo fear de na h-aon phrògraman a tha air an lìbhrigeadh taobh a-muigh institiudan nàiseanta, a' leigeil leis fòcas a chur air

cho cudromach 's a tha ceanglaichean cultarach thar-nàiseanta. Bha buidhnean Albannach air an deagh riochdachadh taobh a-staigh phròiseactan a chaidh a mhaoineachadh tron phrògram agus chuir iad cuideam mòr air a bhith comasach air pàirt a ghabhail ann am pròiseactan a thug taic do cheanglaichean le co-leithid air feadh na Roinn Eòrpa.

## Sgrùdadh cùise - Eòrpa Chruthachail

Is e Prògram Eòrpa Chruthachail prìomh phrògram maoineachaidh an Aonaidh Eòrpaich a tha a' toirt taic do chultar agus roinn chruthachail na h-Eòrpa, a' gabhail a-steach roinn an sgrìn. Tha e a' toirt taic do raon farsaing de ghniomhachd ach aig a chridhe tha dealas a thaobh cho cudromach 's a tha co-obrachadh cultarach eadar-nàiseanta agus an iomadh deagh bhuaidh as urrainn a bhith aig seo. Is e am buidseat anns a' chearcall seachd-bliadhna làithreach € 2.44 billean.

Bha buidhnean Albannach nan com-pàrtichean follaiseach agus luachmhor ann am mòran phròiseactan aig Eòrpa Chruthachail agus bha iad air an deagh riochdachadh ann an obair le taic bhon phrògram. Thug an soirbheachas seo maoineachadh cudromach do na buidhnean sin, ach b' e na ceanglaichean dhan thug e taic dhaibh a dhèanamh agus an t-ionnsachadh, an leasachadh agus an ùr-ghnàthachadh a chaidh a choileanadh tromhpa bu chudromaiche.

Chomharrach [aithisg mu luach Eòrpa Chruthachail san RA](#) a chaidh fhoillseachadh ann an 2018 an dà chuid buaidh ionmhassail agus neo-ionmhassail a' phrògraim. Fhuair e a-mach gun robh maoineachadh air togail a thoirt do chruthachadh obraichean, toradh agus às-mhalaire, agus mar thoradh air sin chaidh tasgadh a bharrachd fhaighinn. Thug e taic do bhuidhnean gus ceanglaichean agus lionraidhean eadar-nàiseanta a chruthachadh mar thaic dhan obair aca. Agus chomasaich e cuideachd ùr-ghnàthachadh, rannsachadh agus leasachadh, a' toirt taic do bhuidhneanriosgan a ghabhail agus gus cothroman a rannsachadh nach biodh fosgailte dhaibh mur a b' e seo.

Tha co-dhùinadh Riaghaltas na RA gun a bhith a' feuchainn ri com-pàirteachadh leantainneach fhaighinn ann an Eòrpa Chruthachail air beàrn mhòr fhàgail nach gabh a lònadh le prògraman dachaigheil. Tha am frèam thar-nàiseanta tro bheil am prògram air a libhrigeadh ro-chudromach airson a shoirbheas, a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh taobh a-muigh feumalachdan bhuidhnean nàiseanta agus a' cumail fòcas a-mhàin air cudromachd agus luach co-obrachadh cultarach.

Cho-dhùin Riaghaltas na RA, gun a bhith a' sìreadh com-pàirt leantainneach ann am prògram Eòrpa Chruthachail tro cho-rèiteachadh malairt às dèidh Brexit a dh'aindeoin beachdan Riaghaltas na h-Alba, rianachdan tiomnaichte eile, agus a' mhòr-chuid de bheachdan ann an roinn a' chultair air feadh na RA. Rinn e co-rèiteachadh ge-tà airson com-pàirteachadh leantainneach ann an Horizon Europe, prìomh phrògram an AE airson taic a thoirt do rannsachadh agus ùr-ghnàthachadh.

Bhiodh cothrom ùr air Eòrpa Chruthachail, agus prògraman eile an AE, gu math luachmhòr dhan roinn.

- Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air mar a ghabhas ceanglaichean ris a' phrògram Eòrpa Chruthachail àrdachadh gus an urrainn do bhuidhnean cultarach Albannach a dhol an sàs a-rithist leis na seanailean ro-chudromach airson iomlaid, co-obrachadh agus ionnsachadh a tha am prògram a' cuideachadh.
- A bharrachd air seo, leanaидh Riaghaltas na h-Alba air a' coiteachadh Riaghaltas na RA gus feuchainn ri ballrachd a ghabhail ann am prògram Eòrpa Chruthachail a-rithist.

## Ceistean farsaing agus co-theacsa

Tha an earrann seo a' coimhead air a' cho-theacsa fharsaing anns am bi an ro-innleachd seo air a lìbhrigeadh agus air mar a thèid dèiligeadh ri cùisean sònraichte a tha nam pàirt den cho-theacsa sin. Tha seo a' gabhail a-steach fòcas cruinn-eòlasach na ro-innleachd, mar a choimheadas i air atharrachadh na gnàth-shìde agus air an fheum a bhith ag obair a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin a thaobh gasaichean taigh-glainne, agus mar a dh'fhaodadh i a dhol an sàs ann an deasbadan mu àite eachdraidheil na h-Alba ann an cùisean leithid ìmpireachd agus tràilleachd. Bidh e cuideachd a' beachdachadh air cùisean co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail agus mar a bhios iad air an riochdachadh ann an lìbhrigeadh na ro-innleachd.

## Cruinn-eòlas

Tha meud agus stòrasan cuibhrichte na h-Alba a' ciallachadh gum feum sinn ar noidhirpean eadar-nàiseanta a chuimseachadh air na raointean agus air na cothroman leis a' chomas as mothà do na buidhnean cultarach is cruthachail againn. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh feum air an fharsaingeachd de cheanglaichean a th' againn mar-thà leithid ar Lìonra Eadar-nàiseanta de dh'oifisean ann am Beijing (Sìona), Berlin (A' Ghearmailt), a' Bhruseal (a' Bheilg), Copenhagen (An Danmhairg), Baile Átha Cliath (Èirinn), Lunnaid (An Rioghachd Aonaichte), Ottawa (Canada), Paris (An Fhraing) agus Washington DC (USA), a bharrachd air lionraidhean agus buidhnean leithid ar diaspora. Tha e cuideachd a' ciallachadh a bhith a' coimhead ri ar com-pàirtichean san Roinn Eòrpa agus iadsan as faisg oirnn faisg air làimh gus togail air na deagh dhàimhean a th' againn mar-thà. B' e beachd a bha seo a chuir grunn bhuidhnean cultarach an cèill sa cho-chomhairle againn.

Ach, nam biomaid ag amas a-mhàin air far a bheil dàimhean air a bhith stèidhichte aig Riaghaltas na h-Alba fad ùine mar-thà, bhiodh sin a' dèanamh dearmad air an ruigsinneachd chruinneil fharsaing agus eadar-nàiseantachd a tha aig cridhe roinn chultarail is cruthachail na h-Alba. Bu chòir gum biodh e comasach do chleachdaichean agus buidhnean ann an Alba feum a dhèanamh de chothroman gus co-obrachadh le com-pàrtichean stèidhichte air na factaran cultarail is gniomhachais aca fhèin. San aon dòigh, mar thoradh air roinn cruthachail a tha a' sior fhàs farpaiseach, feumaidh modailean gniomhachais a bhith a bhith tionnsgalach agus a bhios a' leudachadh gus luchd-amais agus margaidhean ùra a ruigsinn.

Tha dùthchannan eile den aon mheud ri Alba air feuchainn ri aghaidh a chur air a' cheist am bu chòir amas air dlùth chom-pàrtichean eadar-nàiseanta no a bhith a' coimhead nas fhaide air falbh. Is urrainn dhuinn tarraig air na dh'fhiorsaich iad gus ar modh-obrach fhèin a chruthachadh. Bidh e na fhactar cudromach ann an leasachadh nan gniomhan a tha air am mineachadh san ro-innleachd seo a bhith a' faighinn cothromachadh eadar na cothroman cruinneil a tha rim faighinn, raointean fòcas cruinn-eòlasach thar ar n-obair eadar-nàiseanta air fad, na stòrasan a tha rim faighinn, agus le feum na roinne air cothroman a leantainn mar a chì iad iomchaidh. Cha ghabh sinn dòigh-obrach uile-choitcheann a chuireadh bacadh air farsaingeachd chruinn-eòlasach no a chuireadh às do chothroman stèidhichte air cruinn-eòlas, ach tha sinn ag aithneachadh gum bi cuid de dh'eadar-theachdan agus

seòrsaichean taic air an cuingealachadh ris an àite far a bheil ar bun-structair agus na stòrasan a th' againn mar-thà a' ceadachadh.

## Buaidh gnàth-shìde agus am feum gus cothromachadh carboin a choileanadh

Feumar gabhail ris nach eil com-pàirteachadh cultarail eadar-nàiseanta agus siubhal co-cheangailte a' dol a rèir an fheum a bhith ag obair a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin a bhith aig Alba a thaobh eimiseanan gasaichean taigh-glainne ro 2045.

Feumar cothromachadh a dhèanamh eadar a bhith a' dèanamh cinnteach gun gabh buannachdan co-obrachadh cultarach eadar-nàiseanta a thoirt gu buil le bhith a' lùghdachadh buaidh air a' ghnàth-shìde, ach chan eil e soilleir ciamar a ghabhas seo a chothromachadh gus cho-dhùnaidhean a thaobh taic do ghnìomhachdan sònraichte fhiosrachadh.

Tha farsaingeachd de bheachdan taobh a-staigh na roinne air an ìre is gun urrainn dhi taic a chumail ris an turas a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin. Tha dealas làidir ann bho mhòran bhuidhnean agus cleachdaichean gus taic a chumail ri atharrachadh chun na h-ire as mothà 's a ghabhas, ach thathar cuideachd ag aithneachadh gum feum adhartas mòr a bhith ann an ùr-ghnàthachadh teicneòlasach agus ann an atharrachadh giùlain a thaobh mar a bhios sinn a' siubhal, a' cruthachadh cumhachd agus a' teasachadh thogalaichean. Ann an roinn le faireachdainn làidir de cheartas sòisealta chan eil e na iongnadh gu bheil e na phriomhachas do mhòran a bhith a' freagairt air fear de na dùblain as cudromaiche nar n-àm.

Is urrainn dhan fhreagairt seo a bhith cruthachail. Faodaidh e ar cuideachadh gus meòrachadh air agus tuigse fhaighinn air an dùbhlain a thaobh a bhith a' comasachadh eadar-ghluasad an a' chomainn-shòisealta gus cothromachadh carboin a ruigsinn. Agus gu dearbha, feumaidh seo a bhith na chòmhradh cruinneil.

“Nar n-obair, tha sinn a' co-thaobhadh ar n-obair eadar-nàiseanta ri ar geallaidean àrainneachdail le bhith: a' roghnachadh roghainnean siubhal slaodach/beag-carboin, a' cleachdadhbh teicneòlas conaltraidh gus siubhal a lùghdachadh, a' cruthachadh phròiseactan eadar-nàiseanta tro cho-obrachadh agus com-pàirteachasan fad-ùine” Freagairt co-chomhairleachaidh air an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta (The Work Room)

Is urrainn freagairt na roinne dhan bhuaidh aice air a' ghnàth-shìde a bhith gu math practaigeach cuideachd. Tha farsaingeachd de ghnìomhachd ga dhèanamh leis an roinn chultarail is chruthachail, taobh a-staigh agus taobh a-muigh na h-Alba, gus beachdachadh air mar a ghabhas atharrachadh a dhèanamh air cleachdaidhean làithreach. Dh'haodadh modailean iomlaid a tha a' ceadachadh com-pàirteachadh a mhaireas nas fhaide no a bhith a' brosnachadh cleachdaichean eadar-nàiseanta a bhith a' tadhail air Alba le barrachd eadar-obrachaidh le raon nas fharsainge de luchd-ealain Albannach leigeil le cuid de bhuannachdan iomlaid eadar-nàiseanta a bhith air an glacadh agus aig an aon àm a lùghdachadh na buaidh àrainneachdail. Faodaidh obair mar seo buaidh a thoirt air atharrachadh le co-leithid eadar-nàiseanta, agus bidh e cudromach far a bheil deagh chleachdadhbh aig buidhnean

Albannach gun tèid a cho-roinn gu h-eadar-nàiseanta gus taic chumail ri atharrachadh.

- Bidh Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach a' com-pàirteachadh ann an obair aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta a tha ag amas air modailean a tha seasmhach a thaobh na h-àrainneachd a chruthachadh airson conaltradh cultarach eadar-nàiseanta agus beachdaichidh iad air na ceumannan as urrainnear gabhail gus taic a thoirt do bhuidhnean gus buaidh àrainneachdail a mheasadh agus a chothromachadh mu choinneamh luach na gniomhachd a thathar a' moladh.

## **Sgrùdadh Cùise - Àrainneachd Eachdraidheil Alba: Ceannard Cruinneil a' cur aghaidh air Atharrachadh na Gnàth-shìde agus Dualchas na Cruinne**

Is e atharrachadh na gnàth-shìde an cunnart cruinneil as mothà do Dhualchas na Cruinne. Mar sin tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' gabhail cheumannan mòra a thaobh na gnàth-shìde aig an àm seo gus àrainneachd eachraigheil an àm a dh'fhalbh a dhòn airson an àm ri teachd. Aig àm nuair a tha èiginn na gnàth-shìde a' dol am meud, tha cruaidh fheum air a bhith a' tuigsinn cho cugallach 's a tha gach seòrsa dualchais, a' gabhail a-steach buaidhean gnàth-shìde air na sia làraichean ann an Alba a tha ainmichte mar làraichean Dualchas na Cruinne aig UNESCO.

Tha an Clàr So-leòntachd Gnàth-shìde (*Climate Vulnerability Index - CVI*) na inneal luath is siostamatach a chaith a chruthachadh aig Oilthigh James Cook ann an Astràilia, gu sònraichte gus so-leòntachd atharrachadh na gnàth-shìde a mheasadh airson gach seòrsa de Dhualchas na Cruinne (culturail, nàdarra agus measgaichte). Chaith a' chiad mheasadh CVI cruinneil airson làrach culturail Dualchas na Cruinne a dhèanamh aig Cridhe Arcaibh Linn Ùr na Cloiche sa Ghiblean 2019.

Tha tabhartas Lìonra Rannsachaидh bho Chomann Rìoghail Dhùn Èideann air cothrom a thoirt do mheasaidhean CVI a dhèanamh bhon uair sin air Seann Bhailtean is Bailtean Ùra Dhùn Èideann, Balla Antonine (pàirt de Chriochan Ìmpireachd na Ròimhe), agus Hiort. Chaith grad-CVI a dhèanamh cuideachd airson Nam Flobhachan a tha gu bhith air am moladh airson inbhe mar Làrach Dualchas na Cruinne.

## **Ana-ceartasan eachdraidheil**

Ged a tha ìomhaigh làidir eadar-nàiseanta aig Alba ann an 2024 agus miann a bhith nar deagh shaoranach cruinneil, feumaidh sinn aithneachadh nach robh an dùthaich againn mar seo gu h-eachdraidheil. Ach is urrainn ceanglaichean cultarach feuchainn ri dèiligeadh ri aghaidh a chur air, a bhith a' tuigsinn agus ag aithneachadh ar pàirt ann an tràilleachd, Ìmpireachd agus atharrachadh na gnàth-shìde.

Is urrainn iomlaid agus conaltradh cultarach ar cuideachadh gus meòrachadh air ar cultar agus ar n-eachdraidh fhìn. Aig àm nuair a tha sinn a' fàs nas mothachaile air àite na h-Alba ann an ìmpireachd, tràilleachd agus atharrachadh na gnàth-shìde tha seo gu sònraichte cudromach. Tha còmhraidhean air fosgladh eadar mòran institiudan cultarach Albannach agus co-leithid ann am pairtean den t-saoghal far an robh buaidh nach robh adhartach aig Alba aig amannan. Cuidichidh seo sinn le bhith a' tuigsinn ar dleastanas eachdraidheil agus ar n-àite san t-saoghal, ach faodaidh buaidhean susbainteach a bhith aige cuideachd ann a bhith a' fuasgladh ana-ceartasan eachdraidheil gu ìre. Tha grunn ionadan cultarail air ceumannan a ghabhail gus aghaidh a chur air an eachdraidh sin agus air mar a tha iad a' buntainn ri nithean anns na cruinneachaidhean aca. Tron obair seo chaidh grunn nithean cultarail a thoirt air ais do na coimhairsnachdan às an d' fhuaras iad.

## Sgrùdadh cùise – ath-thilleadh ìomhaighean Uamha Bhenin le Oilthigh Obar Dheathain

Ann an 1897 chaidh priomh-bhaile àrsaидh rioghachd Bhenin ann an Afraga an lar a spùinneadh le feachd armachd Breatannach. Mar thoradh air an seo chaidh na h-ulaidhean nàiseanta, a' gabhail a-steach ìomhaighean de na h-Obathan (rìghrean) agus nithean eile a chaidh a dhèanamh sa bhaile thar nan ceudan de bhliadhnaichean, a sgaoileadh am measg thaighean-tasgaidh agus luchd-cruinneachaidh priobhaideach air feadh an t-saoghal. Tha mòran iarrtasan air a bhith ann gus na 'Benin Bronzes' a thilleadh bho na 1930an air adhart, agus tha air seo air fàs gu bhith mar an iomairt as àrd-ìomhaigheach airson seilbh chultarail Afraganach ath-thilleadh.

Cheannaich Oilthigh Obar Dheathain ìomhaigh-bràghad ann an 1957, le rannsachadh air a tùs a' dearbhadh gur e tè den fheadhainn a chaidh a spùinneadh a bha seo. Leis gun robh e soilleir gur e rud a chaidh a ghoid a bh' ann, cho-dhùin an t-Oilthigh nach biodh iasad iomchaidh agus an àite sin thòisich iad a' coimhead air mar a b' urrainnear a thoirt air ais gun chumhachan. B' e a' chiad cheum a bhith a' dèanamh conaltradh le eadar-mheadhanair le deagh cheanglaichean, Bankole Sodipo a tha na àrd-ollamh lagha ann an Nigeria. Chuir seo còmhraídhean an comas le riaghaltas fendarail Nigeria, Coimisean Nàiseanta Taighean-tasgaidh is Carraighean Nigerian, Riaghaltas Stàite Edo, agus Cùirt an Oba. Rinn Ministrealachd an Fhiosrachaidd agus a' Chultair moladh mar thoradh air seo a fhuair taic bho na pàrtaidhean eile.

Tha dòigh-obrach stèidhichte aig an Oilthigh airson beachdachadh air a bhith ag ath-thilleadh nithean bho na cruinneachaidhean, a' gabhail a-steach slatan-tomhais air a bheil còmhraídhean buidheann comhairleachaidh stèidhichte, a bha san eisimpleir seo a' gabhail a-steach Bankole Sodipo a bharrachd air riochdairean bhon oilthigh agus bho thaighean-tasgaidh. Fhuair moladh na Buidhne Comhairleachaidh taic aona-ghuthach bho bhuidheann riaghlaidh an Oilthigh, agus mar sin san Dàmhair 2021 aig cuirm ann an Obar Dheathain chaidh an ìomhaigh a thoirt do bhuidheann a' ghabhail a-steach riochdaire Àrd-Choimisean Nigeria, Àrd-stiùiriche a' Choimisein Nàiseanta, agus bràthair Oba Bhenin. Beagan mhiosan às dèidh sin, air an 125mh ceann-bliadhna den spùinneadh, chaidh a thoirt dhan Oba ann am Baile Bhenin, a' chiad ìomhaigh Umha Bhenin a chaidh a thoirt air ais bho chruinneachadh taigh-tasgaidh gun chumhachan.

Tha obair Oilthigh Obar Dheathain agus a chom-pàirtichean à Nigeria air a bhith air thoiseach air càch am measg institiudan Albannach ann a bhith a' dèiligeadh ri leithid de dh'ana-ceartas eachdraidheil agus thug e buaidh làidir air an dòigh-obrach a mhòl pròiseact na h-Ìmpireachd, Tràillealachd agus Taighean-tasgaidh na h-Alba agus a tha a-nis ga thoirt air adhart.

Dh'fhoillsich [Pròiseact Ìmpireachd, Tràilleachd agus Taighean-tasgaidh na h-Alba](#), a chaidh a cho-òrdanachadh le Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean Alba, agus le taic

bho Riaghaltas na h-Alba, molaidhean do Riaghaltas na h-Alba airson dèiligeadh ri dileabhan ana-ceartais eachdraidheil. Ghabh Riaghaltas na h-Alba ris na molaidhean sin gu h-iomlan san Fhaoilleanach 2024.

- Cumaidh Riaghaltas na h-Alba taic ri buileachadh molaidhean aithisg ìompairreachd, Tràilleachd agus Taighean-tasgaidh na h-Alba, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh a bhith a' cruthachadh stiùireadh nàiseanta sònraichte airson a bhith a' toirt air ais nithean a fhuaradh gu mì-bheusach.

## Co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' brosnachadh agus ag adhartachadh co-ionannachd, in-ghabhail agus còraichean daonna anns gach rud a nì e.<sup>22</sup> Tha sinn airson taic a thoirt do roinn chultarach agus chruthachail na h-Alba gus am bi e na àite fosgailte agus cothromach airson a bhith ag obair, a' gabhail pàirt ann agus a' faighinn tlachd à cultar.

Tha an aithisg dhà-phàirt mu stòrasan cultarail To See Ourselves and As Others See Us<sup>23</sup> a' sealltann gu bheil àrainneachd poileasaidh cultarach na h-Alba agus na dòighean-obrach taobh a-staigh na h-Alba le luachan bunasach co-cheangailte ri prionnsapalan sòisealta, deamocratach agus co-ionannachd mar bhunait ri cùmhnant sòisealta gus taic a chumail ri in-ghabhail, iomadachd, co-ionannachd agus còraichean. Is iad sin na luachan a tha aig cridhe feallsanachd agus obair na roinne.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail grunn cheumannan gus co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail a chumail suas san obair againn agus san roinn san fharsaingeachd. Tha gnìomhan a tha air am mìneachadh ann am Plana Gnìomh Ro-innleachd a' Chultair, a chaithd fhoillseachadh san Dùblachd 2023, a' gealltann gun obraich sinn ann an com-pàirteachas gus iomadachd san roinn a mheudachadh, a' co-roinn dhòighean-obrach agus còdan cleachdaidh ùra a nì cinnteach gu bheil iomadachd aig cridhe leasachadh sgilean agus ballrachd bùird, a' gabhail a-steach cuideachadh le fastadh iomadachd le bhith a' gabhail a-steach tuarastal iomchaidh do bhuill bùird aig bhuidhnean poblach cultar is dualchais nàiseanta.

Dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba cuideachd ann am [Plana Gnìomh Ro-innleachd a' Chultair](#) gu bheil e a' stèidheachadh buidheann gnìomh Obair Chothromach leis an raon-ùghdarrais a bhith a' stiùireadh mar a thèid Obair Chothromach a bhuleachadh san roinn. Beachdaichidh a' bhuidheann gnìomh air na 5 colbhan aig Obair Chothromach: Guth Èifeachdach, Cothrom, Tèaraainteachd, Coileanadh, Spèis mar a tha air am mìneachadh san Lèirmheas air Obair Chothromach anns an roinnean cruthachail agus cultarail na h-Alba<sup>24</sup>, a chaithd a stiùireadh le Culture Radar agus a bharantachadh le Alba Chruthachail agus a chaithd fhoillseachadh ann an 2022.

- Bidh Riaghaltas na h-Alba a' fighe co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail a-steach dhan obair air fad a nithear fon ro-innleachd seo agus bidh

<sup>22</sup> Riaghaltas na h-Alba (2023) [Aithisg Co-ionannachd Builean agus Priomh-shruthadh 2023](#)

<sup>23</sup> British Council (2022) [Arts and Cultural Assets Research Report](#)

<sup>24</sup> Culture Radar (às leth Creative Scotland) (2022) [Review of Fair Work in the Creative and Cultural Sectors in Scotland](#)

e a' ceangal ri obair nas fharsainge fo Phlana Gniomh Ro-innleachd a' Chultair.

## A' libhrigeadh na Ro-innleachd Cultaraich Eadar-nàiseanta

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a thèid an ro-innleachd seo a libhrigeadh. Bidh seo na phròiseas ath-aithriseach a bhios a' ceangal chleachdaichean fa leth agus buidhnean taobh a-staigh na roinn cultair agus cruthachail a bharrachd air roinn phoblach na h-Albannach san fharsaingeachd. Gabhaidh cuid den obair a tha air a mhìneachadh an seo a thoirt air adhart sa bhad, bidh feum air tuilleadh beachdachaidh agus obair-stèidh airson raointean eile.

### Clàr-ama

Bidh diofar raointean-ama aig na gnìomhan a tha air am mìneachadh sa phàipear seo, ach gu h-iomlan bidh an ro-innleachd seo a' ruith eadar 2024 gu 2030 le ath-sgrùdadhbho àm gu àm. Leis a' chlàr-ama seo, bidh gu leòr tide ann airson deasachadh, lìbhrigeadh agus measadh air an raon de bhuilean a thathar a' moladh agus gus measadh a dhèanamh air buaidh na ro-innleachd air na bhuilean a tha san amharc.

### Toraidhean

- Roinn cultar agus cruthachail ùr-ghnàthach, nas seasmhaiche agus nas treasa gu h-eaconamach
- Roinn cultair agus cruthachail eadar-nàiseanta ceangailte agus eadar-mheasgta a tha a' cur ri leas dhaoine agus choimhearsnachdan
- Cliù eadar-nàiseanta nas mothair airson cultar agus cruthachalachd, a' gabhail a-steach freagairt na h-Alba do dhùbhlain cruinneil

Tha na bhuilean àrd-ìre seo a' mìneachadh na tha sinn airson coileanadh anns na sia bliadhna a tha romhainn. Thèid soirbheachas na ro-innleachd a thomhas a rèir nam bhuilean sin. Mar sin, thathar a' cruthachadh modail teòiridh atharrachaидh gus mìneachadh carson agus ciamar a dh'fhaodadh atharrachadh tachairt agus gus na taisbeanairean fianais a chlàradh a thèid a chleachdadh gus atharrachadh a thomhas agus a shealltainn.

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am Frèam nam Builean, chaidh bhuilean na ro-innleachd a chruthachadh le sùil air bhuilean [an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta](#), agus freagairtean do shuirbhidh co-chomhairleachaidh na Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta a chaidh a chumail ann an 2023.

Obraichidh Riaghaltas na h-Alba le com-pàrtichean libhrigidh gus frèam bhuilean mionaideach a chruthachadh gus an teòiridh atharrachaيدh fhiosrachadh. Mìnichidh seo mar a tha obair làithreach agus obair ri thigheann, a' gabhail a-steach gnìomhan san ro-innleachd seo agus gnìomh sam bith eile a thèid a dhèanamh le com-pàrtichean libhrigidh, a' cur ri coileanadh bhuilean na ro-innleachd.

Thèid plana sgrùdaidh is measaidh ullachadh an cois seo gus taic a chumail ri adhartas a dh'ionnsaigh lèirsinn na ro-innleachd agus gus cunntachalachd a sholarachadh.

Bidh an teòiridh atharrachaид ceangailte ri obair nas fharsainge a chaidh a chur air adhart ann am [Plana Gniomh Ro-innleachd a' Chultair](#) san Dùblachd 2023 gus cruth-tìre dàta co-cheangailte ris an roinn chultarail is chruthachail a leasachadh.

- Obraichidh Riaghaltas na h-Alba le com-pàrtichean gus teòiridh atharrachaид mionaideach a chruthachadh airson a bhith a' clàradh na buaidh aig gniomhan poileasaидh co-cheangailte ris an ro-innleachd, a' cumail sùil air adhartas, agus a' toirt taic do dh'atharrachadh, a' togail air frèam nam builean a tha air a mhìneachadh an seo.

## Com-pàrtichean lìbhrigidh

Lionraidhean eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha cultar cudromach dhan ròl a th' aig lìonra oifisean eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Is e inneal tron urrainn dhaibh an làthaireachd anns an dùthaich aoigheachd aca a shoilleireachadh agus barrachd cheanglaichean a thogail. Tha àite cudromach aig na h-ofisean sin cuideachd ann a bhith a' cruthachadh chothroman do bhuidhnean cultarach gus dàimhean a thogail agus cothrom fhaighinn air na margaidhean anns na dùthchannan sin.

Tha grunn eisimpleirean làidir de ghnìomhachd den t-seòrsa seo ann far a bheil dàimhean eadar na h-ofisean, luchd-ùidh nan dùthchannan aoigheachd agus buidhnean cultarail na h-Alba air cothroman ùra a chruthachadh airson às-mhalaир agus iomlaid chultarail, agus ann a bhith a' dèanamh seo tha e air fios a sgaoileadh mu oifisean Riaghaltas na h-Alba agus an obair aca do raon nas fharsainge de dh'ùidhean. Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' measadh mar a ghabhas dàimhean a tha buannachdail do gach taobh a stèidheachadh agus a chur air stèidh sheasmhach tro bhith an làthair ann an sgìrean sònraichte.

## Sgrùdadh cùise - Festival Interceltique de Lorient

Bidh Festival Interceltique de Lorient a' comharrachadh cultar Ceilteach gach bliadhna, agus bidh e ga chumail Lorient, san Fhraing. Bidh e a' toirt còmhla dùthchannan agus roinnean Ceilteach bho air feadh an t-saoghal gus an ceòl, an dannsa, an litreachas, am biadh agus an dualchas a thaisbeanadh. Tha an fhèis na h-àrd-ùrlar beothail airson iomlaid agus co-obrachadh chultarach.

Ann an 2023, cho-obraich Riaghaltas na h-Alba le Showcase Scotland Expo agus Comann Ceòl Traidiseanta na h-Alba gus luchd-ealain Albannach a thaisbeanadh. Thar gach cuirm Albannach, bha 7,000 an lathair aca. Thug an t-àrd-ùrlar seo cothrom dhan luchd-ealain a bha an sàs a bhith a' taisbeanadh an cuid obrach gu h-eadar-nàiseanta chan ann a-mhàin tron fhèis fhèin, ach cuideachd nas fharsainge tro mheadhanan Frangach, a' meudachadh na ruigsinneachd agus an luchd-èisteachd aca.

A' togail air soirbheachas an tachartais ann an 2023, tha Oifis na Frainge aig Riaghaltas na h-Alba a' planadh airson 2024 le fòcas air òigridh. Bidh i a' co-obrachadh a-rithist le Fèis Rois agus Showcase Scotland Expo gus taic a thoirt do sheinneadairean òga Gàidhlig is luchd-ealain gus beairteas agus iomadachd cruth-tire cultarach na h-Alba a thaisbeanadh. Le bhith a' cur cuideam air òigridh a bhith a' gabhail pàirt, cumaigh Riaghaltas na h-Alba taic ri ceanglaichean eadar-ghinealaich agus beothalachd leantainneach nan traidiseanan Ceilteach.

Tha mar a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail pàirt ann am Festival Interceltique de Lorient a' dearbhadh ar dealas gus cultar na h-Alba a bhrosnachadh aig ìre eadar-nàiseanta. Tro chom-pàirteachasan agus iomairtean ro-innleachdail, tha sinn air tàlant Albannach a thaisbeanadh gu soirbheachail agus tha sinn air iomlaidean brioghmhòr a dhèanamh le coimhairsnachdan Ceilteach air feadh an t-saoghal.

Tha grunn mheòrachan tuigse aig Riaghaltas na h-Alba le dùthchannan agus roinnean air feadh an t-saoghal, gu tric le fòcas làidir air co-obrachadh cultarach. Obraichidh e le ar lònraighean eadar-nàiseanta gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a ghabhas togail air aontaidhean foirmeil leithid seo gus barrachd buaidh a libhrigeadh dhan roinn chultarail agus chruthachail.

- Meudaichidh oifisean eadar-nàiseanta Riaghaltas na h-Alba an comas air cothroman fhosgladh do roinn chultarail is chruthachail na h-Alba anns na dùthchannan anns a bheil iad.

## Brannd na h-Alba

Is e com-pàirteachas ro-innleachdail thar-bhuidhnean a th' ann am Brannd na h-Alba a tha a' toirt còmhla oidhirpean margaidheachd is conaltraidh Riaghaltas na h-Alba, priomh bhuidhnean san roinn phoblaich, a' gabhail a-steach Alba Chruthachail, agus com-pàirtichean nas fharsainge fo bhrannd co-roinnte agus gan suidheachadh gus ro-innleachd brannd nàiseanta co-obrachail a libhrigeadh leis an luchd-èisteachd aig

a' chridhe. Tha brannd nàisean na h-Alba a' gabhail a-steach ar luachan agus ag innse sgeulachdan mu ar cultar agus dualchas air leth, agus aig an aon àm a' comharrachadh spionnad, adhartas agus ùr-ghnàthachadh ar dùthcha. Tha e a' daingneachadh nam beachdan adhartach mu Alba a dh'fheumas sinn togail gu cunbalach airson Alba le luchd-èisteachd eadar-nàiseanta, gus daoine a bhrosnachadh gus coimhead air Alba mar àite airson a bhith a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh, a' tadhail no a bhith an sàs ann an gniomhachas. Tha ar cruthachalachd agus ar cultar bunaiteach a thaobh cò sinn agus mar a bhios daoine eile gar faicinn, agus tha seo na phriomh chuspair a bhios Brannd na h-Alba a' cleachdad gus ar sgeulachd innse gu h-eadar-nàiseanta.

Leis cho cudromach 's a tha cultar ann an iomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba, chan eil e na iongnadh gu bheil e na phriomh eileamaid san dòigh sam bi sinn gar taisbeanadh fhèin gu h-eadar-nàiseanta mar nàisean beothail, cothromach agus inghabhalach. Faodaidh e dorsan fhosgladh agus faodaidh e a bhith na bhunait airson conaltradh nas fharsainge. Ged as urrainn iomhaighean traidiseanta de dh'Alba ceanglaichean a thogail, ma tha sinn airson neart agus spionnad cultar an latha andiugh ann an Alba a chur an cèill, a' tàladh luchd-tadhail agus a' cumail taic ri cothroman dhan roinn, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun lean sinn air adhart a bhith ga riochdachadh anns na stuthan a bhios sinn a' cleachdad gus Alba a bhrosnachadh.

- Brosnaichidh Riaghaltas na h-Alba agus a chom-pàirtichean Alba agus a cultar co-aimsireil thall thairis mar àite cruinneil cudromach airson cultar agus cruthachalachd a tha eadar-mheasgte, a' comharrachadh agus a' dèanamh feum de phriomh chothroman is thachartasan eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach gniomhan Brannd Alba.

## Ceanglaichean Albannach

Tha ceanglaichean aig Alba ri diofar phàirtean den t-saoghal airson adhbharan eachdraidheil, cànanach no cultarail. Tha coimhearsnachdan diaspora dualchasach stèidhichte ann an sgìrean far an do dh'imrich tòrr dhaoine, leithid Ameireagaidh a Tuath no Astràilia. Bidh e cuideachd a' cumadh iomadachd choimhearsnachdan taobh a-staigh na h-Alba a tha a' cumail suas ceanglaichean cultarach is teaghlach ri dachaighean an sinnsirean.

Tha mineachadh Riaghaltas na h-Alba air diaspora nas fharsainge na sinnsearachd. Tha e a' gabhail a-steach alumni de dh'oileadhighean na h-Alba a tha aig ère na cruinne, a bhios a' cur fàilte air na deichean de mhìltean de dh'oileanaich eadar-nàiseanta gach bliadhna, a' cruthachadh lìonra mòr, eadar-mheasgte agus òg de shaoranaich eadar-nàiseanta a chuir earbsa ann an Alba airson fear de na co-dhùnaidhean as mothas as urrainn do dhuine sam bith a dhèanamh. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach duine sam bith a tha air fuireach ann an Alba aig àm sam bith airson adhbhar sam bith, co-dhiù an do rugadh iad ann an Alba agus gun do rinn iad eilthireachd an uair sin, no feedhainn à àiteachan eile a thill dhachaigh às dèidh ùine ag obair ann an Alba. Agus tha e a' gabhail a-steach neach sam bith a tha bàigheil air Alba – Albannaich tro thoil – a dh'fhaodadh a bhith air tadhail air ar dùthaich mar luchd-turais no direach aig a bheil ùidh sa chultar, eachdraidh no luachan againn.

Tha na ceanglaichean sin a' cruthachadh chothroman gus dàimhean a thogail agus dorsan phosgladh do roinn chultarach is chruthachail na h-Alba, co-dhiù tha seo tro chothrom air margaidhean is lìonraidhean ùra, no a thaobh dàimhean carthannach. Tha [Frèam Ceanglaichean na h-Alba](#) aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh mar a thogas sinn dàimhean le coimhearsnachdan diaspora eadar-mheasgte na h-Alba air feadh an t-saoghail. Tha grunn ghealltanasan ann gus ar ceanglaichean cultarach a leasachadh, a' gabhail a-steach ar lìonra de GlobalScots a bhith an sàs ann am brosnachadh na roinne agus a' cumail taic ri ceanglaichean cultarach le buidhnean agus daoine fa leth air feadh an t-saoghail. Tha e cuideachd a' gealltann proifeiseantaich gnìomhachais bho na roinnean cruthachail is cultair a chur ris an lìonra, agus GlobalScots a ghabhail a-steach ann an leasachadh poileasaidh cultair agus ceanglaichean cultarach na h-Alba.

- Obraichidh Riaghaltas na h-Alba le com-pàrtichean gus na geallaidhean ann am Frèam Ceanglaichean na h-Alba co-cheangailte ri GlobalScots a tha ag obair anns na raointean cultarail agus cruthachail a lìbhrigeadh. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdad nan lìonraidhean gnìomhachais agus nan ceanglaichean aca gus taic a thoirt do dh'amasan an Fhrèam co-cheangailte ri adhartachadh cultar agus roinn chruthachail na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta.

## Buidhnean Nàiseanta

Is e [Alba Chruthachail](#), a tha a' gabhail a-steach [Sgrìn Alba](#), a' bhuidheann a tha a' cumail taic ris na roinnean cultarach is cruthachail thar gach ceàrnaidh de dh'Alba. Is e buidheann poblach neo-roinneil a th' ann, le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus a bhios a' faighinn maoineachadh an dà chuid bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Chrannchur Nàiseanta na RA. Tha cùisean eadar-nàiseanta air aon de na ceithir priomhachasan ro-innleachdail aig Alba Chruthachail.

Is e [Àrainneachd Eachdraidheil Alba](#) a' phriomh bhuidheann airson roinn na h-àrainneachd eachdraidheil ann an Alba. 'S e Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' bhuidheann as motha a tha a' ruith cinn-ùidh turasachd ann an Alba, a' stiùireadh còrr is 300 togalach a tha cudromach gu cultarail às leth Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach Caisteal Dhùn Èideann, Skara Brae, agus Gearastan Dheòrsa, agus bidh e a' fastadh 1,400 neach air feadh na h-Alba. Tha ÀEA cuideachd an urra ri cruinneachadh de dhealbhan, fotothan, làmh-sgrìobhainnean agus dealbhan adhair a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta. Bidh e ag obair gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta gus foghlam, sgilean agus rannsachadh ann an dualchas adhartachadh. Tro phrògram nan tabhartasan aige, tha £14 millean ga thasgadh gach bliadhna gus taic a chumail ri càradh thogalaichean, carraighean àrsaidh, obair arc-eòlais agus glèidhreachas.

Is e [Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean Alba](#) a' bhuidheann nàiseanta airson cruinneachaidhean na h-Alba. Tha àite aige ann a bhith a' cumail taic dhan roinn gus: conaltradh le com-pàrtichean eadar-nàiseanta; a bhith a' comharrachadh agus a' gabhail ri cothroman airson obair eadar-nàiseanta; a bhith a' faighinn cothrom air taic airson obair den t-seòrsa seo; agus a bhith a' co-roinn deagh chleachdad agus ionnsachadh tarsainn na roinne gus daoine eile a bhrosnachadh. Tron obair aige, is

urrainn dha taic a chumail ri taighean-tasgaidh agus gailearaidhean na h-Alba gus com-pàirteachadh le obair eadar-nàiseanta agus le rùintean na ro-innleachd seo.

Tha obair [Comhairle Bhreatann Alba](#) san raon seo a' cur fòcas air a bhith a' cumail taic ri cruthachadh is leasachadh cheanglaichean cultarach gus leigeil le roinn ealain na h-Alba obrachadh gu soirbheachail gu h-eadar-nàiseanta agus a bhith a' gabhail pàirt ann an cothroman eadar-nàiseanta. Tha a bhith a' stèidheachadh dhàimhean, a' cur cheanglaichean an comas agus a' toirt seachad comhairle dhan roinn agus do luchd-ceangail eadar-nàiseanta aig cridhe dleastanas Comhairle Bhreatann, agus a bhith ag obair ann an com-pàirteachasan le priomh luchd-ùidh Albannach le fiosrachadh bhon lìonra chruinneil aca a' cruthachadh raon de ghnìomhachdan agus iomairtean a bheir taic do chom-pàirteachadh cultarach eadar-nàiseanta.

## Institiudan cultarail nàiseanta

Tha Companaidhean Cleasachd Nàiseanta agus Cruinneachaidhean Nàiseanta na h-Alba air am maoineachadh gu direach le Riaghaltas na h-Alba. Tha cothrom aig na companaidhean cleasachd air Maoin nan Cuairtean Eadar-nàiseanta gus taic a thoirt dhaibh airson a dhol air chuairt gu h-eadar-nàiseanta. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh ar n-institiudan cultarail nàiseanta gus ceanglaichean a thogail le oifisean Riaghaltas na h-Alba thall thairis agus obraichidh iad gus taic a chumail ris na ceanglaichean sin gus dèanamh cinnteach gu bheil gniomhachd eadar-nàiseanta nam buidhnean sin a' daingneachadh cheanglaichean eadar-nàiseanta na h-Alba, rud a bheir buannachd dhan a h-uile duine.

- Obraichidh sinn còmhla gus dòighean conaltraidh a neartachadh eadar buidhnean cultarail nàiseanta na h-Alba agus gniomhan poileasaidh dàimhean taobh a-muigh aig Riaghaltas na h-Alba gus co-nbrachadh nas dlùithe agus conaltradh tràth a chur an comas nuair a thathar a' planadh gniomhachd eadar-nàiseanta.

## Roinn chultarach is chruthachail na h-Alba

Aig a' cheann thall tha an ro-innleachd seo ag amas air taic a thoirt do leasachadh roinn chultarach agus chruthachail na h-Alba gu h-iomlan. Gus dèanamh cinnteach gum bi an ro-innleachd agus na gniomhan a tha i a' cur air adhart èifeachdach, cuiridh sinn dòighean an sàs dhan roinn gus taic a chumail ri libhrigeadh agus gus a dhol an sàs gu direach ann an leasachadh na h-obrach a tha a' tighinn às.

- Stèidhichidh Riaghaltas na h-Alba buidheann comhairleachaiddh na roinne gus taic a thoirt do libhrigeadh na ro-innleachd seo agus gus dèanamh cinnteach gu bheil sealbh aig an roinn chultarail is chruthachail agus gu bheil cothroman ann obair a chumadh fon ro-innleachd.

## Stòrasan

Tha sinn a' leudachadh maoineachadh dhan roinn chultarach agus cruthachail le £15.8m a bharrachd an ath bhliadhna ionmhais, gus am bi figear iomlan ann de £196.6m. Is e seo a' chiad cheum air an t-slighe gu bhith a' tasgadh co-dhiù £100m a bharrachd gach bliadhna ann an cultar agus na h-ealaínean ron bhliadhna

ionmhais 2028/29. Ann an 2025/2026 tha sinn ag amas air £25m a bharrachd a thoirt do roinn a' chultair. Leis an tasgadh a bharrachd seo, tha sinn airson cothroman a bhrosnachadh airson com-pàirteachadh ann an cur-seachadan cruthachail, airson taic a chumail ri cruthachadh obair ealain ùr, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àrd-ùrlaran aig toradh cultarail na h-Alba aig an taigh agus thall thairis. Gus taic a chumail ri libhrigeadh na ro-innleachd seo agus stòrasan fhaighinn far a bheil sin a dhìth, bidh sinn a' gabhail làn phàirt ann am pròiseasan a thaobh riarachadh a' mhaoineachaidh a bharrachd seo.

- Ni Riaghaltas na h-Alba an argamaid airson gniomhachd chultarach eadar-nàiseanta agus airson nan gniomhan a tha air am mìneachadh san ro-innleachd seo anns na pròiseasan buidseit, ag obair gus stòrasan fhaighinn gus taic a chumail ri lìbhrigeadh.

Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba cuideachd air na h-ionnstramaidean agus slighean maoineachaidh làithreach gus taic a thoirt do ghnìomhachd cultarail eadar-nàiseanta mar thoradh air an ro-innleachd seo. Ni seo cinnteach gum bi co-leanailteachd ro-innleachdail ann agus gum bi na modailean a th' ann aig an àm seo fhathast a' toirt na buaidh as mothas as urrainn dhaibh. Bidh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann air taic aig cridhe moladh sam bith airson atharrachadh a thig a-mach às an eacarsaich seo.

- Ni Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadadh air a' mhaoineachadh làithreach airson gniomhachd chultarach eadar-nàiseanta a rèir nam prionnsapalan agus gniomhachdan a tha air am mìneachadh san ro-innleachd seo gus dèanamh cinnteach gum bi e fhathast cunbalach agus iomchaidh dhan cho-theacsa làithreach.



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

© Crown copyright 2024



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83601-084-5 (web only)

Published by The Scottish Government, April 2024

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1417094 (04/24)

w w w . g o v . s c o t